L Celt
C7328

COMH-CHRUINNEACHADH

DE

LAOIDHEAN SPIORADAIL.



OBAN:
HUGH MACDONALD, OBAN TIMES BUILDINGS,
ESPLANADE.
1893.

430931
22.12.44

LAOIDHEAN.

LAOIDH MOLAIDH DO DHIA.

1. Tha sinn, a Dhia, 'seinn do chliù,
Ag aideachadh gur tu ar Triath,
'Toirt urram dhut tha 'n domhan mòr,
'Athair gun tùs, gun chrìch.

2. Tha na h-Ainglean naomh gu léir,
Tha cumhachdan nèimh gu h-àrd.
Tha Cherubim le caithream binn,
Is Seraphim a' seinn gun tàmh :

3. Is naomh, naomh, naomh
Thu, 'Thighearna Dhia nan slògh ;
Tha néamh is talamh làn
Le d' mhòrachd is le d' ghlòir.

4. Tha còisridh ghlòrmhor Ostala,
Tha Fàidhean 's àirde cliù,
Tha armailt geal nam Mairtirean
Ga d' mholadh, a' Righ nan dùl.

5. Anns gach àite a tha fo 'n ghréin
Tha d' Eaglais naomh, a Dhia,
Ag aoradh dhut, 's a' toirt géill,
'Athair na mòrachd gun chrich.

6. Aig d' aon Mhac fior tha 'h-uile còir
Air urram is glòir mar-aon :
Mar sin 's an Ti 'ni cobhair oirnn,
An treas Pearsa de 'n Trianaid naoimh.

7. Is tus', a Chriosta, Righ na glòir,
'S tu Mac Siorruith gun tùs,
Nach d' rinn tàir air còm na h-Oighe
Gu sàbhaladh a cheannach dhuinn.

8. Thug thu buaidh air guin a' bhàis,
Dh' fhosgail thu dha d' chreidich nèamh
'S tu 'tha 'n glòir Athair nan gràs,
'Na d' shuidhe air deas-làimh Dhé.

9. Thig thu 'thoirt breith air an t-sluagh,
Gabh truas dhe d' mhuinntir fhéin,
A shaor thu le d' fhuil bu mhòr luach,
A thaom bhuat tromh ioma creuchd.

10. Mealaidh iad do ghlòir gu bràch,
Air an àireamh 'measg nan naomh ;
Fo sgéith do chumhachd biodh iad slàn,
Ann an seilbh do ghràsan caomh.

11. Riaghail iad, is dian dhaibh iùl,
Stiùir iad gu beatha bhuain ;
Molaidh sinn thu, 'Dhia nan dùl,
Gach là bithidh do chliù 'ga 'luaidh.

12. Molaidh sinn d' ainm gun tàmh,
Gu là ar bàis 's 'na dhéigh ;
Cliù bheirear dhut gu bràch ;
Dion sinn le d' ghràs bho bheud.

13. Dian tròcair oirnne, a Dhia nan gràs,
'Réir ar n-earbsa dian tròcair oirnn.
Mo dhòchas tha unnads' a mhàin,
A chaoidh cha bhi fàillinn orm.

LAOIDH AINM IOSA.

1. Dh' fhóghnadh smaointean air d' ainm Ios',
Gu sòlas dìan a ghin' 'am chré ;
Cuilm 'bu taitniche na 'm fìon,
M' inntinn ga 'lìonadh le d' spéis.

2. Cha taisbein binneas théudan ciùil,
Cha nochd seanchas no tùr sluaigh,
Cho luachor 's a tha 'n t-ainm ud dhuinn,
'S ainglean le ùmhlachd 'ga 'luaidh.

3. Gach ni 'tha 'm flathanas Dé,
Air talamh no fo 'n talamh shìos,
Lùbaidh an glùn gu léir,
'N uair chluinneas iad ainm euchdach Ios'.

4. Ios' an t-ainm os cionn gach ainm',
Beatha m' anma, 's mo léigh ;
Ged is tric a thoill mi d' fhearg,
Bithidh mi 'leanmhuinn air do dhéigh.

5. 'N uair a dh'-iarras an saoghal 's an fheòil
Ormsa dòibheart 'chur 'an gnìomh,
Dìridh mo spiorad mar a's còir,
Gu righ na tròcaire gu 'dhìon.

6. Air sgiathan creidimh agus gràidh
Teichidh mi gu gàradh mo mhiann,
Far an d' fhuilig Criost' a phàis,
Is fallus 'ga 'fhàsgadh romh 'bhian.

7. 'S a' ghàradh choisinn sinn am bàs :
Pheacaich Adhamh, dh' ith e 'm meas :
'S a' ghàradh dh' ùmhlaich Righ nan gràs
E-fhéin, gu 'r sàbhaladh bho sgrios.

8. Bhrùchd cùirneana falluis mar dheòir
Tromh chorp glòrmhor le fìor phéin ;
Bu tròm mo pheacannan gun toirt
Air Uan neo-chiontach mo Dhé.

9. Bhuaileadh Cibear nan caoin bhéus,
Sgapadh a thréud 's a luchd-dàimh ;
Chaidh Criost' a bhrath le Ostal fhéin,
Chuir pòg an eucoraich e 'n làimh.

10. Guileamaid mu d' dhìol-s', a Chriost',
'Ad bhall-bùirt 'am measg do nàmh,
O's iad ar peacannan a sgiùrs',
'S a sparr le cràdh an crùn mu d' cheann.

11. 'Choluinn, ùmhlaich sios thu-fhéin
Aig bun a chroinn-cheusd 'a dh-Ios',
'S na cuir tuilleadh e gu péin,
Ag ùrach a chreuchd' le d' ghniomh.

12. M' anam, ùmhlaich sios do d' Dhia,
Las mar theine dian do ghaol ;
Smaoinich na dh' fhuilig do Thriath,
Dh' ionnsaidh d' fhiachan a bhi saor.

13. Thug e 'ghoimh dhuinn ás a' bhàs,
Rinn e Pàras fior de 'n uaigh ;
'N uair 'rinn e aiseirigh nan gràs,
Choisinn air gach nàmhaid buaidh.

14. Cliù do 'n Athair, 's cliù do 'n Mhac,
'S cliù do 'n Spiorad neartmhor naomh ;
Trianaid chumhachdach nam feart,
Molamaid mu seach 's mar aon.

LAOIDH AN SPIORAID NAOIMH.

1. A Spioraid Naoimh, ar n-ard-threise,
Thig bho ghrian-chathair do ghlòir:
Sgaoil gach ceò 'tha 'g ar cur iomrall,
'S leig soillsein dhe d' sholus òirnn.

2. Thig, O Athair nan diol-déirce,
Do gach feumach sìn do làmh;
An làmh bho 'n tig gach rogha gibht.
Soilleirich gach cridhe dall.

3. A Righ na cofhurtachd 's an t-sòlais,
Bu tu Aoidh an àigh do 'n anam;
Cha-n fhairich e teas no ganntar
'Se 'n ad làimh-sa 'triall gu aineol.

4. 'S tu 'bheireadh furtachd agus tàmh
Do 'n phiantach a bhios fo sgios;
A mhal' air an laidh am pràmh
'S ann agadsa tha sòlas di.

5. O Sholuis a's àillidh snuagh,
Na bi 'n dubhar òirnn 'n ar càs:
Is ann an crìdh' do chreideach gaoil
Beothaich teine caomh do ghràidh.

6. Gun do chòmhnadh-sa, 'Dhia thréin,
Cha-n 'eil sgoinn 'am mac an duine ;
Cha-n 'eil ceann gun lochd fo 'n ghréin,
'S ann ad mheinn-sa 'tha sinn uile.

7. Glan-sa dhinn gach uile thruailleachd,
Uisgich le d' ghràsan ar tart ;
Leighis gach anam a tha leòinte ;
Striochd na rag-mhuin'laich ri d' reachd.

8. Taisich neimh a' chridhe chruaidh ;
Bi 'd chairt-iùil dhuinn anns gach gàbhadh.
'S do na creidich 'tha 'nad earbsa
Thoir seachd tiodhlaicean do ghràidh.

9. Treòraich na creidich ri 'm beò,
'S na treig iad 'an uair am bàis ;
Sàbhail an anam bho phian,
'S gum meal iad do shìth gu bràch.

TALADH CHRIOSTA.

Air Fonn—"Cumhadh Mhic Arois."

1. Mo ghaol, mo ghràdh, is m' fheudail thu !
M' ionntas ùr is m' eibhneas thu !
Mo mhacan àluinn, ceutach thu !
Cha-n fhiù mi fhein 'bhi 'd dhàil.

2. Ge mòr an t-aobhar cliù dhomh e,
'S mòr an t-aobhar cùram e,
'S mòr an t-aobhar ùmhlachd e,—
Righ nan dùl 'bhi 'm làimh.

3. Ged is leanabh dìblidh thu
Cinnteach 's Righ nan Righrean thu;
'S tu 'n t-oighre dligheach, fìrinneach
Air rioghachd Dhé nan gràs.

4. Ged is Righ na glòrach thu,
Dhiùlt iad an tigh-òsda dhut,
Ach chualas ainglean sòlasach
'Toirt glòir do 'n Ti a's àird'.

5. Bu mhòr sòlas agus ioghnadh
Buachaillean bochda nan caorach
'N uair chual iad na h-ainglean ag glaodhaich
" Thàinig Slànuighear thun an t-saoghail."

6. B' e sin an ceòl 's an naigheachd àghor
'Sheinn na h-ainglean anns na h-àrdaibh
Ag innse gun d' rugadh Slan'ear
Am Bethlehem 'am baile Dhàibhidh.

7. B' e sin sgeula binn nam beannachd
Mu 'n aoidh a rinn tearnadh gu talamh;
Cha-n ioghnadh mi 'bhith mùirneach geanail,
Is gile na 'ghrian mo leanabh.

8. Dh' fhoillsich reulta dha na Righrean,
Lean iad i mar iùil gu dìleas,
Fhuair iad ann am achlais fhéin thu,
Is rinn ùmhlachd dhut gu làr.

9. Thairg iad òr dhut, mirr, is tùis,
Thug iad aoradh dhut is cliù,
B' e turus an àigh do 'n triùir
'Thàinig a shealltuinn mo rùin.

10. 'O na dh' innis aingeal Dé dhuinn
Gun robh 'n fhoill 'an cridhe Heroid
Dh' fhalbh sinne leat do 'n Eiphit
'Ga sheachnadh mu'n diante beud ort.

11. O Hèroid a chridhe chruaidh!
Cha choisinn d' innleachd dhut buaidh.
'S lionar màthair 'dh' fhàg thu truagh
Gu dian an toir air bàs mo luaidh.

12. 'S fhada, 's fhada bho Iudéa
Tearuinte bho d' chlaidheamh geur e.
'Measg nam mac cha d' fhuair thu fhéin e.
'S fallainn, slàn thu, 's fàth dhomh eibhneas.

13. Dh-aindeoin do mhi-rùin is d' fharmaid
Bidh mo Mhac-sa cliùiteach, ainmeil.
Cha chuir e ùigh 'an òr n' an airgiod,
A rioghachd cha rioghachd thalmhaidh.

14. Gur galach, brònach, tùrsach iad
An dràsd' ann an Ierùsalem
A' caoidh nam macan ùra sin,—
'S b' e 'n diùbhail 'n cur gu bàs.

15. Tha Ràchel an diugh fo bhròn
A' caoidh a pàisdean àluinn, òg;
'S frasach air a gruaidh na deòir
Bho nach 'eil iad aice beò.

16. Tha mi 'g altrum Righ na mòrachd!
'S mise màthair Dhé na glòrach!
Nach buidhe, nach sona dhòmhsa!
Tha mo chridhe làn do shòlas.

17. Thàinig, thàinig am Messia;
Fhuair na fàidhean uile 'n guidhe:
'S fhada bho n' b' àill leo thu thighinn.
'S àluinn thu air mo ruighe.

18. A ghnothach gu talamh cha b' fhaoin e—
'Cheannach sàbhaladh 'chloinn-daoine:
'S e 'm Fear-réite 's am Fear-saoraidh,
Is e 'n Slàn'ear gràdhach, caomh e.

19. Cia-mar a dh' eirich dhòmhsa
'Measg an t-sluaigh a bhith cho sònraicht'?
'S e toil is cumhachd Righ na glòire
Mac 'bhith agam ged is òigh mi.

20. Is mise 'fhuair an ulaidh phrìseil,
Uiseil, uasal, luachor, fhìnealt:
'N diugh cha dual domh 'bhith fo mhì-ghean—
Is coltach ri bruadar an fhìrinn.

21. Cha tuig ainglean naomh no daoine
Gu là deireannach an t-saoghail
Meud do thròcair is do ghaoil-sa
'Tighinn a ghabhail coluinn daonda.

22. Bheir mi moladh, bheir mi aoradh,
Bheir mi cliù dhut, bheir mi gaol dhut:
Tha thu agam air mo ghaoirdean,—
'S mi 'tha sona thar cloinn-daoine.

23. Mo ghaol an t-sùil a sheallas tlà!
Mo ghaol an cridhe 'tha liont' le gràdh!
Ged is leanabh thu gun chàil
Is lionor buaidh 'tha ort a' fàs.

24. M' ulaidh, m' aighear, is mo luaidh thu!
Rùn, is gaol, is gràdh an t-sluaigh thu!
'S tus' an Ti a bheir dhaibh fuasgladh
Bho chuibhreach an naimhid uaibhrich.

25. 'S tu Righ nan Righ, 's tu Naomh nan naomh;
Dia am Mac thu 's siorruidh d' aois;
'S tu Mo Dhia 's mo leanabh caomh;
'S tu àrd Cheann-feadhna 'chinne-daonda.

26. 'S tusa grian gheal an dòchais
'Chuireas dorchadas air fògairt;
Bheir thu clann-daoin' bho staid bhrònaich
Gu naomhachd, soilleireachd, is eòlas.

27. Thigeadh na slòigh a chur ort fàilte—
'Dhianamh ùmhlachd dhut mar Shlàn'ear.
Bi'dh sòlas mòr am measg siol Adhamh—
Thàinig am Fear-saoraidh, thàinig.

28. Thig, a pheacaich, na biodh sgàth ort;
Gheibh na dh-iarras tu 'ghràsan:
Ged bhiodh do chiontan dearg mar sgàrlaid
Bi'dh d' anam geal mar shneachd nan àrd-bheann.

29. Hosannah do Mhac Dhàibhidh,
Mo Righ, mo Thighearna, 's mo Shlàn'ear!
'S mòr mo shòlas 'bhi 'gad thàladh:
'S beannaichte am measg nam mnài mi.

LAOIDH MHOIRE.

1. Di-do-bheath', a Mhoire Mhaighdeann,
'S gur gile do Mhac na 'ghrian;
Rugadh am Mac 'an aois 'Athar,
Oighre Fhlathanais g' ar dion.

B' iosal an ceum 'thug an Slàn'ear,
'Tighinn a Pàras gu talamh ;
Rugadh e ann an stàball,
Gun tuilleadh àite dha falamh.

2. Cha d' iarr Bànruinn na h-ùmhlachd
Fùirneiseachd, rùm, no seòmar ;
Cha mhò 'dh' iarr i mnathan-glùine,
Ach Righ nan Dùl a' bhi 'ga còmhnadh.
Cha d' iarr Micein na h-uaisle
Cuisein, no cluasag, no leaba,
Ach gu 'n d' eirich leis a Mhàthair
'G a chur 's a' mhàingeir 'na laidhe.

3. B' aobhainn an sealladh a fhuair i
An uair a thàinig e ás a colainn ;
'G a shuaineadh 'an anartan bàna
An Slàn'ear a thàinig gu 'r ceannach
Shoillsich reulta anns an athar
'Rinn rathad do na trì rìghrean ;
Thàinig iad g'a shealltainn le fàilte,
'S gaol is gràdh 'thoirt da le fìrinn.

4. Thàinig na buachaillean bochda
'Ghabhail fradhairc air 's an tìm sin—
Misneach do 'n lag 's do 'n làidir,
Gu 'bhi cho dàna air an Tì ud.
'N uair chuala Herod an àrdain
An t-arganach a thigh'n gu talamh,

Cha d' fhàg e micein aig màthair
Gun a chur gu bàs le 'an-iochd.

5. Rinn Moire naomh an lagh a chleachdadh—
Thairg iad an leanabh anns an teampull.
Dh' fhalbh iad a dh-oidhche 's a latha
Leis do 'n Eiphit 'ghabhail tamhachd :
Dh' fhuirich iad an sin, car tamuil,
'Ga altrum agus 'ga 'àrach
Ann an gaol, 's 'an gràdh, 's 'an ùmhlachd,
Le dùrachd athar 'us màthar.

6. 'N uair chual iad gu 'n d' eug Righ Herod
Smaoinich iad ceum a thoirt dachaidh ;
Bu mhiannach leo sealladh de 'n cairdean,
'S fhad 's a bha iad gun am faicinn.
Thug iad cliu do Dhia 's an teampull,
'S gu Nasaret air dhaibh 'bhi 'tilleadh,
Suil ga 'n d' thug iad thair an gualainn,
Dh 'iunntraich iad bhuap am Messia.

7. 'S iad a bha gu bronach, duilich,
Trath nach b' fhurasda dhaibh' fhaotainn ;
'S a mhiad 's a rinn iad 'ga 'shireadh,
Bu dubhach a bha iad ás 'aogais ;
Ach tim dhaibh dol deiseal an teampull
Dh' aithnich iad a chainnt gu beathail,
'Measg nan ollaichean a' teagasg,
Bu deas a thigeadh dha labhairt.

8. Labhair an sin ris a mhàthair;
"Ciamar a thàinig dhut fuireach?
'S dubhach a rinn thu ar fagail,
Na tri laithean bha sinn 'ga d' shireadh;"
"A mhàthair na biodh ortsa mulad,
Ged a dh' fhuirich mi 's an teampull;
Seirbhis m' athar anns na flaitheas,
Feumaidh mi feitheamh 's gach àm dhi.

9. "A liuthad latha fuachd is acras,
Siubhal seachrain agus imeachd,
A th' agamsa ri fhulang fhathast,
Mu 'n teid mo ghnothuch gu finid;
Fuiligidh mi fhathast mo bhaisteadh,
Fuiligidh mi traisg anns an fhasach,
Fuiligidh mi 'n nàmhaid 'ga m' bhuaireadh,
Is mo bhualadh, is mo phagadh.

10. "Fuiligidh mi breth agus binn,
Is mo chur sios le fianais-bhreige;
Seallaidh mi gu h-umhlaidh, iseal,
Ged a dhitear mi 's an eucoir:
Mo chur bho Philat gu Herod,
A dh' innseas sgeula mar is aill leo,
'S bho 'n nach dian mi mar is math leo
Cuirear deis' de 'n anart bhàn orm."

11. 'N uair a dheasaich iad an t-suipeir
Dha fhein 's do na bh' aige de mhuinntir,

Bheannaich e agus bhlais e,
Rinn e sin an casan ionnlad.
'N uair dh' aithnich e 'm bàs ga riribh,
Dh' fhàg e dileab aca deonach;
Bho 'n nach d' fhaod e aca fuireach,
Bheannaich e 'fhuil agus 'fheoil dhaibh.

12. Rinn e anns a' ghàradh ùrnaigh,
Chuir e gu dlùth dheth fallus fala;
Dh' fhuilig e rithist a sgiursadh
Is crun a chur air de 'n dreathann;
Smugaidean a chur 'na aodann,
'S a bhualadh air gach taobh le 'n dearnaibh:
Ghiulain e 'chrois air a ghuailnean,
'S a chur suas eadar dha mheirleach.

13. Bhlais e 'n cupa 's an robh 'n t-searbhag
Tiota bheag mu 'n d' fhalbh an anail;
Thug e mathanas dh' a naimhdean,
'S liubhair e do 'n Ard-righ 'anam.
Leig iad sios ás a' chrois E,
Liubhair iad a chorp dh' a mhàthair;
I fhéin 's na bh' aice de mhuinntir,
Rinn iad anns an ùir a chàramh.

14. Aig fheothas 's a rinn thu a ghleidheadh,
A dh' fhalbh leis a latha 's a dh-oidhche;
Aig fheothas 's a rinn thu air feitheamh,
Di-do-bheath', a Mhoire Mhaighdeann;

Di-do-bheath', a Mhoire Mhaighdeann,
'S gur gile do mhac na 'ghrian;
Rugadh am Mac 'an aois 'Athar,
Oighre Fhlathanais g' ar dion.

LAOIDH NA MAIDNE.

1. Tha mi 'faicinn a ghath ghil
'Tearnadh bho nèamh os mo chionn—
Solus uinneagach nam flath,
'S fad 'tha mis' am laidh' ar leam.

2. 'S fheàrr éirigh dh' ionnsuidh do sholuis,
Glòir is onair thoirt dha chionn
Do 'n fhear a rinn grian 's an latha
Is gealach ann an àm laidh' dhuinn.

3. Tha grian is gealach is reultan
Anns na speuran os ar cionn
'S iad a' soillseachadh a chruinne
'S a seòladh luingeas gu tìr.

4. Bho 'n dh' òrduich thu solus glé-gheal
'Ni feum dhuinne anns an t-saoghal,
Biodh do sholus réidh dh' ar n-anam
Bho 'n 's tu fhéin a cheannaich saor sinn.

5. 'Se an solus an creideamh naomh
Tha 'n Eaglais daonnan a' leughadh :—
Na 'n cuireamaid a ghuth 'an gniomh
Cha bu diomhain dhuinn ar céilidh.

6. Chitheamaid 'am measg an t-soluis
An Triùir anns a' chothrom chòmhnard
Ann an gniomh, an gràdh, 's an gilead,
Gun aon diubh 'sine na 's òige.

LAOIDH NA H-OIDHCHE.

1. 'N àm dol a laidhe dhuinn
Leagamaid ar glùn ri làr
'G iarraidh mathanais gu dlùth
'S na rinn sinn bho thùs an là.

2. Cuireamaid cùl ris an t-saoghal
Mu 'n leag sinn ar taobh 's an leaba
Gun fhios nach i uair a chunntais
'S faisge dhuinne na 'mhaduinn.

3. Smaoinicheamaid air an leaba
Gur e sud leth-bhreac na h-uaghach,
Gur i 'chiste chaol 's an téid sinn
Na déileachan 'bhios mu 'n cuairt duinn.

4. Smaoinicheamaid air ar léinidh
Gur i sud éideadh na fuarachd ;
'S a h-uile h-uair a ni sinn dùsgadh
Gur i 'n ùir a bhios air ar n-uachdar.

COMHRADH RIS A' BHAS.

1. Ochòin an nochd mar 'tà mi
'S am bàs air teachd orm gun fhios !
Labhair e gu calma cruaidh,
'S éiginn uair a shìneadh ris.

2. Labhair mise gu bochd truagh :—
(*Ise*) " Ciod e 'ghruaim a chuir mi ort
'N uair a thàinig thu cho coimheach garg
'S nach do ghormuich snàim dhe m' fhalt ?"

3.(*Am Bàs*) " Cha b' e sin a b' fhasan domh
'Bhith 'feitheamh ris gach té 'bhith liath,
Ghabhainn an sean is an t-òg.
'S mòr mo chòir luchd a' strian."

4. (*Ise*) " Cha-n 'eil mo chuideachd ach maoth,
'S còir 'bhith bàigheil ris a' chloinn
Gus an àraichear an t-òg
'S a chuid a's mò dhiubh 'chur 'an greim."

5.(*Am Bàs*) " Ciod e 'n t-iomradh 'th' agad diùbh?
Nach dian na 'th' ac' do rian?
B' fheàrr dhut an leigeil air chùl,
An aire a thoirt gu dlùth air Dia."

6. (*Ise*) " Na 'n saoilinn gum biodh tu 'rìreamh
Dhianainn gu cinnteach riut comunn,
Gu 'n tugadh tu mi gu m 'Shlàn'ear,
Comas a bhith 'ghnàth 'n a shealladh."

7.(*Am Bàs*) "Ni mise mo chuid fhéin de 'n bheairt sin,
Islichidh mi do shròin bho 'n àrdan,
Fàgaidh mi do chasan caola
'S ni na daolagan dhiot fàrdach."

8. (*Ise*) " Ochoin ! ma tha thu gu rìreamh,
'S nach fhaigh mi sìneadh no dàil bhuat
Fiach an tig thu orm ìsleadh
Gus an dian mi sìth ri m' Ard-righ."

9.(*Am Bàs*) "'S ioma latha 'fhuair thu roimhe
'S bu bheag d' aire air a chàs sin;
'O nach d' sheall thu na b' fheàrr romhad
Ni mise an gnothach an dràsda."

10. Bhuail e buille mhòr 's an taobh orm,
Cha d' fhoghainn a h-aon no dhà leis,
Gus an d' thug e orm 'bhith 'glaodhaich,
'S bu bheairt fhaoin domh buntuinn dàsan.

11. 'N uair a dh' fhairich mi 'm bàs ga rìreamh
Thug mi sgrìob fo sgéith mo Shlàn'ir;
Rinn e rium ro-mhòran caoimhneis,
'S thug e air an aog 'bhith sàmhach.

12. (*Criosta*) "Cha toir mise tuilleadh péine
Do 'n chreutair bhochd' bha mi-thaingeil,
Fiach an tig i orm na 's ùmhlaidh
'S an cuir i cùl ris an àrdan."

AM BAS IS FLATHANAS.

1. 'S geàrr gus am bi an ceann so
'Na chlaigionn lom air grodadh,
'S geàrr gus am bi 'n t-sùil-se
A call a bhùirn 'n a logaig.

2. 'S geàrr gus am bi m' beul so
Gun deudach no gun teanga;
'S geàrr gus am bi 'n t-stròin-se
Gun fhàileadh no gun bholadh.

3. 'S geàrr gus am bi na cluasan,
Dha 'n dual a bhith ri éisdeachd
Gun chlaisteachd no gun chluinntinn,
Gun iomradh air aon sgeula.

4. 'S geàrr gus am bi na làmhan so
Air lobhadh 's iad air fàilneach' ;
'S geàrr gus am bi na casan so
Air grodadh bho na sàiltean.

5. 'S geàrr gus am bi 'n cridhe so,
Dha 'n dlighe 'bhith ri smaointean,
'G a itheadh aig na biasdan
Gun iomradh air na saoilte.

6. 'S geàrr gus am bi 'n t-anam-so
Fo bhreitheanas na fìrinn'
'Am flathanas an uachdar
No 'n ifrinn 'fhuair an t-iochdar.

7. A choluinn 'tha làn 'àilleas
Làn saibhreachd is feudail,
Cha téid leat an latha sin
Ach ciste chlàr is léineag.

8. Aon ni air an t-saoghal so
Ged fhaigheamaid duinn fhéin e,
'S mòr gum b' fheàrr an latha sin
Cead suidhe 's a' chathair ghlé-ghil,

9. Far am beil an Trianaid,
'S na mìltean 'tha mu 'n cuairt di
'Sior-mholadh an t-Slàn'ir
A rinn le 'bhàs ar fuasgladh.

10. Tha deisichean a's gil' orra
No drileanan na gréine,
'Dh-aighear is de cheòl,
'Shòlas is de dh-éibhneas.

11. Na crùintean air an ceann-sa
A' lasadh mar na daoimein.
'S an t-ùrlar 'tha fo 'n casaibh
Mar chriosdal geal a' soillseadh.

12. Na geataichean 's na cabhsairean
Air amhluidh de dh-òr fior-ghlan,
'S na ballachan mu 'n cuairt daibh
Mar chlachan buadhach leugach.

13. Na h-uisgeachan gu lionor
A' ruith le fion 's le bainne;
'S na craobhan air an lùbadh
Le sùgh na cìre-meala.

AN EAGLAIS.

1. Bheir mo shoraidh leis an triùir
A tha 'caitheamh na sligh' air an aineol;
Ged a dh' fhàg sibh ás ur déigh sinn
De fios nach fheudar ur leanailt:

Ged dh' fhograr sibh ás an righeachd
'S beag an diobhail do 'n Phàp e :
Cha ghluais sin an Eaglais dhaingeann
'Thog mo Righ air carraig làidir.

2. Cha-n urrainn geataichean iutharna
Na cumhachdan nan daoine
Car a thoirt di as an làraich,
A clachairean cha d' fhàg cho faoin i
Rinn iad ballachan dhe choluinn
Rinn iad uinneagan dhe chreuchdan
'S ann dhe bheul a rinn iad dorus
'S tha dha shùil gu solas glé-gheal.

3. Rinn iad sliata dhe chrùn-dreaghain,
Rinn iad staidhir dhe chrois-cheusaidh,
Rinn iad le traisg is le ùrnaigh
A' teannachadh gu dlùth ri chéile.
Is Moire mhàthair a h-ùrlar,
Dh-urnaisich da-ostal deug i,
'S mòr a fhuair iad rithe ' shaothair
Feadh an t-saoghail gus na dh-eug iad.

4. Comas dùnaidh agus fosglaidh
Fhuair na h-ostail sin mar oighreachd,—
Gach aon ni e 'ni sibh a cheangal
Bithidh e dùinte daingeann, snaimte ;
'S gach ni 'dh-fhuasglas sibh air talamh
Ma nìtear aithreachas glé-mhor

Bidh e fuasgailte ann am Pàras'
Le gràsan a Spioraid nèamhaidh.

5. Chàirich iad a chreud m' a timchioll
Mu 'n d 'thigeadh i ás a chéile.
Tha seachd glasan air a h-ursan,
'S tha 'h-iuchraichean aig luchd-gleidhidh :
Comas Baistidh—a chiad òrdugh,
Comuinn, is Comhnadh, Faoisid,
Ola-ro-bhàs, Odrugh 's Pòsadh,—
Sin na seachd a's còir dhuinn fhaotuinn.

6. Tha seachd peacannan ri 'sheachnadh,
Tha seachd subhailcean 'g an claoidh sin ;
Mu 'n d' thig a chiad seachd gun fhios oirnn
An t-seachd eile 'bhi tric 'n ar cuimhne ;—
Uabhar, sannt, drùis, is craos,
Leisg, farmad agus fearg :
An t-seachd sin a chur o 'n dorus
Mu 'm faigh sinn cronachadh garg.

7. Na seachd subhailcean 'n an déigh sin,
Is ceithir a tha feumail dha 'n anam,—
Teagasg, comhairle agus eòlas,
Misneach an àm bròin do 'n charaid,
Umhlachd, feileachd agus geimneachd,
Caranntachd do ghnà dha 'n fheumach,
Faighidinn, measarrachd, iasgachd
'Bhith leinn 's gach àite 's an téid sinn.

8. Seachd obraichean na tròcaire
Is còir 'chumail an cleachdadh—
Biadh, deoch, fàrdach, aodach
Thoirt do dhaoine 'bhios 'n an airce ;
'S ma bhios iad gu tinn n' am prìosan
'Dhol gu sìobhalta g' am faicinn,
'S ma chluinneas sinn gur a bàs dhaibh
Còmhnadh gu fàgail 's a' chlachan.

9. Na ceithir nitheanan mu dheireadh
'N àm deileachadh ris an t-saoghal —
Bàs, breitheanas agus flathanas,
Iutharna an rathad nach caomh leinn ;
'S bho nach caomh leinn do na rathad
Bitheamaid air ar faicill daonnan
Is fhios againn nach fhaod sinn fuireach
'N uair a thig sumanadh an aoig oirnn.

AN T-ALTACHADH LAIDHE.

Laidhidh mis' a nochd
Le Moire, le Mac :
Màthair mo Righ
'G am dhion bho 'n olc.
Laidhidh mi le Dia,
Laidhidh Dia leam :

Cha laidh mi leis an olc,
Cha laidh an t-olc leam.
Eiridh mi le Dia,
Ma 's ceadach le Dia leigeil leam.
Deas-làmh Dhia
Is Chriosta gun robh leam,
Is crois nan naoi Aingeal fionn
Bho thraidhean mo bhonn
Gu mullach mo chinn.
Guidheam Peadar, guidheam Pòl,
Guidheam Moire Oigh 's a Mac,
Guidheam an dà Ostal deug
Gun mise 'dhol eug a nochd.
A Chriosta chumhachdach na glòire,
A Mhic na h-Oighe 'tha glan is cùbhraidh
Seachainn sinn bho thigh nam pian,
'Tha gu h-ìosal, dorcha, dùinte.
Na reacham an eucoir nan geasach;
'S fhad 's a bhios a choluinn 's a chadal chaomh
Biodh an t-anam air bharraibh na fìrinn'
'An co-chomunn nan Naomh. Amen.

LAOIDH A' PHURGADAIR.

1. Mise 'so 'am prìosan ìseal
Leam is tìm a' bhith 'g a fhàgail,
'Snàmh air loch nach fhaodar innse
Gur uisge na dìle na sàil' e

Ach pronnstal is teine gun diocladh
'Dh' òrduich Dia—'s e 'phian a's fheàrr e,—
Far am bi 'n t-anam 'g a riasladh
Gus an diol e h-uile fàirdein.

2. Cha tàmh dhomh 'm chadal no 'm dhùsg'
Ag osnaich dlùth, 's cha dian e feum domh:
Mo shùil silteach 'sealltuinn suas
Fiach am faic mi 'h-aon fo 'n ghréin
A chuireas ùrnaigh suas gu Criosta,
'Nochdas do 'n Trianaid mo chreuchdan
Gus a' faigh mi ged nach fhiach mi
Fois bho mhiarailtean a cheusaidh.

3. Dorsan na tròcair air an dùnadh
Cha dian cumha 'n toirt bho chéile,
Cha dian deòir e, cha dian tùrsa,
Ach iochd an Triùir a rinn mi thréigsinn.
'S a mhiad 's a ruitheas de dh-ùine!
Mu 'n dian mi 'n t-iomlan a phàigheadh,
'S gur lionoire mo dhò-bheairt
Na gaineamh 'an còmhair na tràghad.

4. Ceartas Dé cho cruaidh ri ghiùlan
Anns gach cùis 's an d' rinn mi eucoir
Gur mairtir mi a tha 'g a dhùradh,
Nàimhdean a dùbladh na péin' orm:
Mar chaoirthein' a' rùith 'n an driùchdan
Nàimhdean na h-urnaise 'g am fheuchainn,

Mo chorp na 'n deigh air fàs na 's fhuaire
'S an t-aog a' bualadh a phéin orm.

5. 'Nis' bho 'n rinn an t-aog mo sgaradh
Bho 'n choluinn a bha 'g am iomchar
Chaidh mo thoirt air bialthaobh cùirte
Gu cunntas a thoirt 'n am iomrall.
Bha 'n t-aibhistear ann 's a mhuinntir
'S mo chuinnseas a' togail fianuis
Far na bhrist mi air na fàintean
'S gach càs 's an deachaidh mi iomrall.

6. Cha-n 'eil gadachd 's cha-n 'eil siùrsachd,
Cha-n 'eil magadh bùird na tàmailt,
Cha-n 'eil bristeadh féill' na Dòmhnuich,
Cha-n 'eil òl na pòit na gàbhachd—
Na mìltean nach d' rinn mi 'léirsinn
Mu 'n d' fhuair mi bho 'n eug a bhàirlinn,
Nach do chuir mo nàmhaid suas orm
'S mi air m' uaineachadh 'n a làthair.

7. Cha-n 'eil farmad, fuath, na diùmb,
Trod na cùlchainnt, briag na àrdan,
Na mi-dhilseachd na mi-dhùrachd,
Na cosg na h-ùin' air bheagan stàtha,
Na smaointean salach na feòla
Leis na dheònaich mi 'bhith sàsuicht;
'S bha mi fodha dheth gu dìlidh
Mar b' e Iobairte mo Shlàn'ir.

8. Ged nach d' fhuair mi ifrinn mar àite
Leis na thàrladh dhomh de dh-eucoir,
Tha pian aimsireil orm ri phàigheadh
Ann an teine gun chnàmh' gun teirgsinn.
Mar rinn ioma duine 'bhàinidh
Bha mi sàsda mu 'n do dh-eug mi,
'S mòr gum b' fhasa bliadhn' an tràth sin
Na lath' an dràsda 'thoirt 's a phéin so.

9. Tha 'm pathadh gach tràth cho cruaidh orm
Boinn 'an cuan cha dianainn fhàgail,
'An àmhuinn theine 'g am ròsladh
M' fhuil a dòrtadh, m' fheòil a cnàmh' ann :
Mar mhadadh-alluidh gun bhiadh ann,
Mar leomhann gun sian a's fheàirrd' e,
Mar thìogair guineach 'g am spòltadh
Cion mo lòin 's gach lò air m' fhàgail.

10. 'S a chàirdean 's a mhuinntir ghaoil
Seachnaibh gach ni 'rinn mi àireamh.
Nach fhaic sibh mise so mar shamhladh ;
Seallaibh ciamar ann a tha mi.
Ma is math leibh a 'bhith 'sòlas
Claoidhibh an fheòil is cuiribh 'bàs i,
'S éighibh cogadh ris an t-saoghal,
Seasaibh mar dhaoine romh Shàtan.

11. 'S ged tha 'phian cho cruaidh ri fhulang
Gun dòigh a's fhus' oirre na chéile,

Tha fois is furtachd aig m' inntinn
Gum beil Ti ann dha 'm beil spéis dhiom,
'S ged nach fhaigh mi 'stigh 'n a chòmhail
Gun mo chòmhdach mar an canach
Gun m' anam a bhith mar an daoimean
Mu 'm faigh mi caoim ann am Pàras.

12. Air a ghlòir 'n uair ni mi smaointean
'S a chi mi daoine ann am Pàras
'Fhuair piantan anns gach seòrsa
Cho garbh 's a thàrladh dhòmhsa
Is cruaidh an t-saighead a tha' m' inntinn
Nach d' rinn mi fhéin mar rinn iadsan
'S mi 'an so am prìosan ìseal
Leam is tìm a bhith 'g a fhàgail.

LATHA 'BHREITHEANAIS.

1. Leaghaidh 'saogh'ls' ás a chéile
Latha diughltach na feirge,
Is caochlar gu éibhlean is luath.

2. 'S fhad 'o dh' innseadh 'o chéin e,
Chuir an Righ dhuinn 'an céill e,
Dh' innis Sibil an sgeul so dha sluagh.

3. Cha luaidhear an t-uamhas
Tràth 'tha 'm britheamh ag gluasad
'Bheir na rinn sinn fo' chnuasachadh cruaidh.

4. An trombaid gu 'n cluinnear
Anns gach uaigh 'tha 's a chruinne,
H-uile cinneadh gu 'n tionail ri 'fuaim.

5. Bithidh 'chruthachd fo uamhunn
Is an t-aog ann an cruaidh-chas
'S na daoine ag gluasad 'o 'n suain.

6. Is b' e sin a chuis-eagail
Do na peacaich 'bhith 'freagairt
An Ti nach gabh leisgeulan bhuap'.

7. Bheir e 'n leabhar a mach
'Am beil gach ni mar a thachair
Is innsear ar crann-chur dhuinn bhuaith.

8. Is cha-n fhàgar 'an cùl ni,
Cha-n 'eil seachnadh air diugh'ltas
'N uair 'shuidheas a chùirt 'tha gun truas.

9. 'De 'n aon seanchas 'ni feum dhomh?
Cha n-eil tearmunn do 'n téid mi
'S an t-ionracan fhéin ann an guais.

10. 'Righ an uamhais 's na mòrachd
Gur tu fuaran na tròcair'
A shaoras gun òr do chuid sluaigh,

11. Cum 'n ad chuimhne do spéis dhiom,
Cum 'n ad chuimhne do cheusadh,
Cum mise bho 'n éiginn 'bhios buan.

12. Fhuair thu tàir' ri mo shaoradh,
Dh' fhuilig bàs ann am aorabh,
'Cuirear seachad do shaothairse gun duais?

13. O nach math thu dhomh m' fhiachan
Mu 'n tig latha na diachainn,
Mu 'n caithear mi 'shìorrachd na truaigh'.

14. Tha mo chiontan 'n am làthair,
'S iad 'g am lionadh le nàire,
Gur deirge na sgàrlaid mo ghruaidh.

15. Fhuair Màiri bhuat tròcair;
Mhath thu 'n mheirleach a dhòbheairt;
'M bi mise gun dòchas ri truas?

16. Ged is fionnar mo chràbhadh
Dian thusa rium bàigh
Is an lasair nach cnàmh cum thu bhuam.

17. Ann an àireamh do chaorach
Bho na gobhair cum saor mi
'S bho 'n mhuinntir 'tha daonnan fo ghruaim.

18. Bithidh cuideachd nam briagan
Air an dìteadh gu piantan,
Bi'dh lasair 'g am fiachuinn gu 'n smuais.

19. Faigheam cuireadh le d' dhilsean
'S mi 'g am ùmhladh 's 'g am ìsleadh,
'S mo chridh' air fàs mìn mar an luath.

20. 'N àm dhomh fàgail an t-saoghail
Air mo nàmhaid dian mo shaoradh;
Sgaoil sgiath do mhòr-ghaoil-se mu 'm 'chuairt.

21. Latha deurach na h-éiginn'
Bho na h-éibhlibh 's mi 'g éirigh
Na leugham 'n ad eudann-sa gruaim.

22. Thusa 'Thriath 'rinn ar ceannach
Bi thu fialaidh ri m' anam,
Thoir siochaint dha 'm flathas, is suain.

AMEN.

LAOIDH NA H-AOISE.

1. Nochd 's mo lethcheann air mo chluasaig,
'S mi 'nam thruaghan bochd mar tha mi,—
Dh' fhàilnich mo chlaisteachd 's mo léirsinn,
Chaill mi mo dheudach 's mo chàileachd;
Mo cheann air fàs cho liath ri caoraich,
'S m' aodann air fàs preasach gnàda;
'S mi m' fhaicinn air bial na bruaiche,
Aig an uaigh 's an téid mo chàradh.

2. Glòir do Dhia a th' anns na flathas,
'Rinn mo ghleidheadh bho gach gàbhadh,
Ged is tric a rinn mi peacadh
Rinn thu fathamas is bàigh rium.
Mur biodh do thròcair thar do cheartais
Bha mi bho chionn fhada caillte
Ann an dòruinn fad na sìorrachd,
Far nach gabh na fiachan pàidheadh.

3. Bhuilich mi laithean na h-òige
Ann an ioma dòigh mhi-àraid,
Le m' smaointean, le m' bhriathran, le m'
ghriomhran,
'Bristeadh air riaghailtean d' fhàintean
'N déigh a gheallaidh 'thug mi seachad
'N uair 'chaidh mo bhaisteadh 's mi 'm phàiste—
Gu 'n cuirinn cùl ris an diabhol,
Ri 'uil' iarrtuis 's ri 'àrdan.

4. 'S fheudar dhomh aideach' ga rìreamh
Gur creutair mi a bha mi-thaingeil,
'N deis na fhuair mi 'ghibhtean prìseil—
Barrachd is deich mìle tàlann,
'N àite dhomh 'n tionndadh gu buannachd
'S ann a thruaill mi iad, ge nàr e;
Leis na thoill mi dìteadh siorruith
Mur gabh thusa, 'Chriosta, bàigh rium.

5. Bho 'n is creutair peacach bochd mi,
A rinn lochdannan gun àireamh,

Fhad 's a bhios mi 'n tìr a chosnaidh
'Athair brosnaich mi le d' ghràsan
Gu bhith 'sileadh dhiar 's ag osnaich,
Fiach an cothaich mi do chàirdeas,
'S gum faigh mi, as leth ceusadh Chriosta
'Bhith gu siorruith ann ad làthair.

6. Mo Dhia is m' Athair thu làn tròcair',
Tha mi ann an dòchas làidir,
Leis cho daor 's a chaidh mo cheannach
Le fuil bheannaichte mo Shlàn'air,
Nach dian thu mo thilgeadh ás d' fhianuis
Fad na sìorrachd anns an àite
'S am bi gal is diasgan fhiacal
Gu 'bhi 'm pianadh aig mo nàmhaid.

7. 'Iosa, thàinig thu g' ar ceannach,
Rugadh tu 'd leanabh 's an stàbull,
Dh' fhuilig thu do thimchioll-ghearradh
Is fallus fala anns a ghàradh,
Chaidh do sgiùrsadh aig a' phosta,
Los gun coisneadh tu dhuinn Pàras;
'S ghiùlain thu 'chrois air do ghualain
Ris an d' fhuaighte thu le tàirnean.

8. Dh' fhàg thu dìleab a tha luachor
Aig gach truaghan a ni fàilinn,—
Comas "Ceangail" agus "Fuasglaidh,"
Aig na buachaillean a dh' fhàg thu

Gu 'bhith 'beathachadh an treud sin,
A cheannaich thu fhéin cho cràiteach
Le dòrtadh d' fhala air a chrann-cheusaidh
Le miad do dhéidh air iad 'bhi sàbhailt'.

9. Thog thu d' Eaglais air a' charraig
Nach gabh carachadh 's nach fàilnich
Fhad 's a dheàrrsas grian air thalamh
Bi 'dh i maireann anns gach àite
Dh' aindeoin 's mar shéideas na siantan,
'Thig bho 'n diabhol 's bho phàirtidh.
'S faoin a bharail dhaibh gun striochd i,
'S tusa, 'Chriosta, 'gabhail tàmh innt' !

10. Ged a reachadh iad gu 'n dùlan
Sgoilearan Lùthair 's Chalbhin,
Ge tric iad a' togail buairidh
'G a cur suarach 's a' toirt tàir' dhi,
Na cùirt iuchraichean a fhuair i
Cha toirear bhuaipe gu bràth iad
Gus an cuir i 'n t-aon mu dheireadh
Dhe cuid cloinne suas gu Pàras.

LAOIDH CHUIRP-CHRIOSTA.

(Bho 'n Laidinn).

1. A chuilm rioghail 's an d' fhàgadh
Fior chorp prìseil mo Shlàn'ir
'S an Fhuil fhior-ghlan a thàrmuich
'N ad chuisleansa, 'Mhàiri,
A dhòirt 'an éirig siol Adhamh
Bho na creuchd-lotan cràiteach—
Sud an diomhaireachd àghor
A sheinn mi.

2. Air a chómhdach le iasad
De dh-fhuil na h-Oigh' 'bha gun ghiomh innt'
Bu shàr Fhear-teagaisg dhuinn Criosta
Le 'chaomh ghiùlan 's le 'bhriathran ;
'S 'an àm dha togail gu triall 'uainn
'An ceann tri deichean 's tri bliadhna
Dhearbh e 'ghaol le mòr mhiarailt
Na féile.

3. Mu 'n chuilm dheireannaich chianail
Shuidh am buidheann 'bu mhiann leis,
Chum e 'Chàisg le gach riaghailt
Agus beolaint 'dh' iarr Maois,
'S 'an lorg nam faileasan diomhair
Nach fàgadh anmannan riaraicht'
Thug e seachad 'n a fhialachd
E fhéin dhuinn.

4. Co-luath 's a labhair an t-Ard-Righ
Mhùth an t-aran a nàdar
'S fior-fheoil Chriost' dh' fhan 'na àite :
Mhùth 'm fion gu 'fhuil anns a Chàilis :
'S ged nach léir dhuinn mar 'tha sud,
Nach aithnich sùil, blas, no làmh e,
'N creideamh 's dual thighinn le claismeachd
'S còir éisdeachd.

5. Aoradh thugamaid 's ùmhlachd
Do Dhia 's an diomhaireachd ùiseil ;
Teicheadh samhluidhean Iùdhach
Romh fhìrinn 's tairbh' an lagh ùir :
Is bho 'n shoillsich creideamh ar sùilean
Gu nithean diomhair a thursainn
Aoradh thug-te le mùirn do
Mhac Dé leinn.

6. Do dh' Athair glòrmhor na diadhachd,
Do 'n Mhac a cho-aois 's an t-sìorrachd,
'S do 'n Spiorad, tobar na fialachd,
'Bheir solus, neart duinn agus siochaint,—
Do 'n aon Dia mòr 'tha 'n a Thrianaid
Biodh aoradh is urram gu siorruith,
Cliù nan Aingeal 's nan Criostuidh,
Gu léir dha.

O, 'S MOR A GHAOL!

1. Tha 'h-aon ann thar chàich uile,
O 's mòr a ghaol!
Gaol bràthair cha-n 'eil coimeas,
O 's mor a ghaol!
Ni ar càirdean gràidh ar treigsinn,
Sòlas 'n a àm is bròn 'n a dheigh sin,
An caraid dìleas so cha gheill e,
O 's mòr a ghaol!

2. Fhuair sinn caraid ann an Iosa,
O 's mòr a ghaol!
'Bhith 'g ar beannachadh is miann leis,
O 's mòr a ghaol!
Cheannaich e sinn le 'fhuil phrìseil,
Air ar son-ne rinn e ìobairt,
'S thug e 'stigh sinn 'chrò na fìrinn',
O 's mòr a ghaol!

3. Dh' fhosgail e an t-sligh' do nèamh,
O 's mòr a ghaol!
Dh' fhàg e 'fhuil dhuinn agus 'fheòil,
O 's mòr a ghaol!
Bhuilich e gach mathas oirnn,
A chaoidh cha leig e beud 'n ar comhair,
'S ni e iùl dhuinn dha ghlòir.
O 's mòr a ghaol!

ANNSACHD NAOMH MOIRE.

1. Fhir-tighe Naomh Moire, 's oid-altrum a Mic!
Tha 'saoghal mar fhàsach do dh' ànrach fann, sgith;
Fo chiaradh nan speuran cha léir le mo shùil,
Ach, annsachd Naomh Moire, na cuir-sa rium cùl,
O, annsachd Naomh Moire, 's tu 'thaghainn mar iùl!

2. 'S tu dhiongas dha 'n choigreach cùl-taice 's ceann aoidh;
Fhuair Ios' agus Moire sàr chobhair fo d' iùl;
O, Ioseph nam beannachd! cha b' eagal domh 'chaoidh,
O, annsachd Naomh Moire, ach thusa ri m' thaobh,
O, annsachd Naomh Moire, na treigse mi 'chaoidh!

3. O, Ioseph 'fhuair gibhtean is earras is cliù,
Mac-samhuil air thalamh do dh' athair Mhic Dhé,
Bha Iosa mar Mhac dhuit; gabh mis' air do sgà',
O, annsachd Naomh Moire, mar dhalta 'n a àit',
O, annsachd Naomh Moire, mar dhalt duit gu bràch!

4. Bha dà àilleagan nèamh air faontraigh 'n ar measg,
Rinn thusa cùl taice dha 'n Mhaighdinn 's dha Mac;
Sheas thu athair do dh-Iosa; bith d' athair dhomh 'chaoidh,
O, annsachd Naomh Moire, 's bheir mise dhuit gaol,
O, annsachd Naomh Moire 's cha teirig mo ghaol!

THU RIAMH GUN SMAL.

1. A Mhoire! 's éibhinn m' fhonn 's gur eutrom,
Lion aiteas clann Dé mi 'n diugh;
Fhuair m' anam braon do dh-aighear Phàras
B' e 'n sàr àileas a bhi 'tàmh ann tur!

Fonn—An àm 'bhi 'cuimhneachadh air do staid,
Air do mhòrachd 's air do mhais,
'S éibhinn linn 'bhi 'seinn gun stad,
Thu riamh gun smal, thu riamh gun smal!

2. 'S miann-sùil le Iosa do chruth ro ghlan
T' aghaidh ghlòrmhor a's àillidh aoidh—
'S fo iùl-s' chaidh ur-laoidh an diugh 's gach àite
Le foirm fos n-àird ort 's an Eaglais naoimh.

3. Togaidh ainglean binne, ceòlmhor,
Suas fonn òrain a chinnidh-dhaonn',
'S thig naoimh Nèamh 'n an ioma còmhlan
'Thoirt cis mar 's còir do Bhanrigh nan Naomh.

4. Do ghin gun smal! Rinn Dia riut gràs
Nach d' fhuair fo' laimhs' mhàin ach thu;
Gràs a bhoisgeas a chaoidh mar dhaoimean
Air uchd saibhir Righ-nan-dùl.

COBHAIR NAN DEORAIDH.

1. Mar tha solus nan rionnag gun fhuaim
A' tuiteam air uaigneachd na h-oidhche,
Mar a sgaoileas an dealt air an fhiar
'S a ghealach gun nial thar a soillse,
'N uair is duirche oidhche ar bròin
Nochdadh an Oigh dhuinn a caoimhneas.

2. Do 'n ùrnaigh a nithear le dìchioll
Thig freagairtean cinnteach bho 'r Màthair
Tlachdor mar bholtrach nan dìthein
A chinneas cho grinn air an àilein,
No mar dheò nan tùisean a's prìseil'
A 'sgaoileadh 'n an mìn-cheo 's an fhàsach.

3. Tha 'gràsan mar dhuilleach nan crannabh—
Cha-n 'eil aithne na dòigh air an àireamh:
Mar tha fàileadh an dìthein 'am falach
'S ann tha ioc-shlaintean ar Màthar,
'S ùrail mar thlà-ghaoth na mar' iad
'S ar misneach 's ar fallain' 'g ar fàgail.

LAOIDH 'SPIORAID NAOIMH.

(Veni Creator).

1. O thig a nuas, a Spiorad Naoimh,
A shealltuinn anmannan do ghaoil,
Is lion ar crìdh' le d' ghràsan caomh,
A Chruthadair a' chinne-daond'.

2. 'S tu ar Comh-fhurtair 's gach càs,
'S tu gibht ro-naomh an Dé a's àird',
'S tu 'm fuaran beò, an teine, 'n gràdh,
Is ùngaid spioradail an àigh.

3. Tha do thiodlaicean seachd-fillt',
Miar deas-lamh Dhé, thu 'thriath gach nì,
'S tu gealladh 'n Athar naoimh le cinnt'.
Bhuat-sa thig deas-labhairt cinn.

4. O las le d' sholus ar ceud-fàith,
Is taom a nuas 'n ar crìdh' do ghràdh,
Cum ri 'r nàdur lag do làmh,
Is thoir dhuinn neart, is feart, is càil.

5. Ar nàimhdean fuadaich fada bhuainn,
Is builich oirnn do shìth gu buan,
Bi ad iùl dhuinn fad ar cuairt,
'S gun seachainn sinn gach beud is truaigh'.

6. Deònaich dhuinne eòlas fìor
Air an Athair is air Criost',
'S annad fhéin 'tha bhuap' ad Dhia
Creideamaid a nis 's gu sior.

6. Glòir gu 'n robh gu sior gun tàmh
Do 'n Athair, is do Mhac a ghràidh,
A rinn an aiseirigh bho 'n bhàs,
Is dhuts', a Chomh-fhurtair nan gràs.

LAOIDH CHUIRP-CHRIOST.

(Bho 'n Laidinn).

1. 'Theanga, seinn le caithrim cheòl-bhinn
Diomhaireachd Corp glòrmhor Chriost',
Agus 'Fhala prìseil, mòrail,—
'N éiric chorr a dhiol ar fiach,
Toradh cuim ro-naoimh na h-Oighe,
'Dhòirt àrd-rìgh gach slòigh gu fial.

2. Dhuinne thugadh, dhuinne rugadh,
Leis an Oigh nach d' fhuilig beud;
Bhos air talamh labhair 's thuinich,
Sgaoil is chuir e facal Dé;
'N dòigh 'na chrioch e cuairt a thurais,
'S ioghnadh dhuinne 's do chùirt nèamh.

3. Aig an t-suipeir, oidhch' a' Phàise,
Shuidh le 'bhràithrean sios gu biadh,
'S choimhlion e an lagh gun fhàillinn
'S na deas-ghnàthan 'dh'-ordaich Dia;
'S thug e 'Chorp—'s e beò 'n an làthair—
As a làimh do 'n dà fhear dhiag.

4. Le cumhachd 'fhacail naoimh tha Criosta
'Tionndadh arain fhior gu 'Fheòil,
'S a tionndadh fiona gu 'Fhuil dhiadhaidh—
Ged nach tùr sinn 'mhiorailt mhòr,
Foghnaidh creideamh dhuinn mar fhianuis,
Biodh an cridhe dian gun ghò.

5. 'Shàcramaid, tha sinn le ùmhlachd,
'Toirt dhut aoraidh, cliù is glòir;
Riochd an t-seann-lagh chuireadh cùl ris,
'S an Lagh-ùr tha 'n fhior-bheachd chòrr;
Ged nach tuigear le 'r ceud-fàthan,
Creideamh cha dian fàillinn òirnn.

6. Glòir do 'n Athair, 's glòir do 'n Mhac,
'S glòir co-cheart do 'n Spiorad Naomh—
Cliù is aighir, onoir 's neart,
Slàinte 's beannachadh a chaoidh—
Trianaid chumhachdach nam feart
Molamaid mu seach 's mar aon.

AMEN.

CIAD-FAILT', A SHACRAMAID NAM BUADH.

(O Salutaris).

1. Ciad-fàilt, a Shàcramaid nam buadh,
A dh' fhosgail dorus nèamh do 'n t-sluagh;
Tha sinn' 'g ar claoidh a' cath ri 'r nàmh,
Thoir neart dhuinn, furtaich òirnn 'n ar càs.

2. Sior-ghlòir do Dhia 'n a Thriùir 's 'n a Aon,
An t-Athair, am Mac, 's an Spiorad Naomh.
O deònaich dhuinne 'bheatha shior
'An sòlas nèamh fad shaogh'l gun chrioch.

Amen.

MOIRE AN DU-BHROIN.

1. Bu trom a bròn,
Bu ghoirt a leòn,
Bu dlù na deòir
Bho shùil na h-òigh',
'S a Sàr-Mhac òg
'S an dòruinn mhòir,
'G a cheusadh beò
'S i 'g amharc air.

2. Co chuala no chunna
Measg mnatha na cruinne,
Té eile 'dh' fhuilig
Do chruadal-sa, 'Mhuire!
Co è a b' urra
Gun ghuth dubhach
'S gun shùil struthach
Aithris air?

3. Bha 'cridhe air a leòn
Le claidheamh a bhròin,
B' ùr acaid dhi 'm beò
Gach cneadh 'bha 'n a fheòils',
'S e bho 'chridhe gu 'dhòrn,
Bho 'mhullach gu 'bhròig,
Gun eang, gun òirleach
Fallain dheth.

4. 'S e 'mhiadaich a cràdh
'S a theannaich a spàirn,
Gur e 's ceann-fàth
Dha osnaich 's dha phàis
'S dha lotan bàis,
Am peacadh gun àgh
A rinneadh le càirdean
Aineolach.

5. A mhìn Mhoir-Oigh!
A bhanrigh 'n du-bhròin!

Le Magdalen 's Eòin,
Thoir cead seasamh dhòmhs'
Bho 'n 's ro-mhath mo chòir-s'
'Dhol fo d' mhulad 's fo d' leòn,
'S a shileadh nan deòir
Air Calbhairi.

6. 'S gach troidh 's gach deàrna
'S mi 'chuir àlach;
Mo pheacadh bàis-se
An t-sleagh a ràinig
Cridhe mo Shlàn'ir,
'S mise a shàth i—
Fàth mo nàire
'S m' aithreachais!

7. An crochadh ri craoibh
Tha cuspair mo ghaoil,
A chridhe fosgailt' le faoilt,
'S a ghàirdeanan sgaoilt'
Gu m' fhalach 'n a thaobh;
Sud ceann-uidh nan naomh,
Tearmunn 's dachaidh an taobh-sa
'Fhlathanas.

8. Crann-ceusaidh mo ghràidh,
Sud leabhar an àigh
As an ionnsuichear cràbh,
Umhlachd gu làr,

Umhailteachd gu bàs,
Olc a mhathadh do chàch,
'S priomh-shubhailc a ghràidh
Sior-mhaireannaich.

9. Bho 'lotan bàis
Leum fuarain ghràs,
Nach traogh 's nach tràigh
A chaoidh nan tràth—
A Mhoire mo ghràidh!
Dian riumsa bàigh,
'S cha ruith iad gun stà
Dha m' anam-sa.

10. A Mhàthair, riamh
A fhuair na dh' iarr,
Air t' aon-ghin Ios'
Guidh agus grios,
Gu math e ar fiach,
'S gu leasaich ar gniomh,
'S gu meal sinn gu siorruidh
Flathanas.

A' CHARRANTACHD.

1. Tha 'charrantachd càirdeil,
Tha i bàigheil ri gach neach,
Bheir i mathanas dha 'r nàimhdean,
'S cha 'n iarr i 'chall no 'chreach.
Bheir i biadh do 'n fheumach,
Bheir i éideadh do 'n nochd,
'S théid i 'choimhead air na tinn,
'S théid i thiodhlacadh nan corp.

2. Tha 'charrantachd ceutach,
Tha i éifeachdach le Dia,
Cha 'n innis i na breugan,
'S cha tog i eud 's an tìr:
Tha 'charrantachd luachor;
Cha d' thoir i fuath do neach.
Cha dian i trod no tuasaid,
'S cha 'n e bualadh 'bhios i 'cleachd.

3. Bha 'charrantachd an Iosa
Tra thàinig e nios 'n ar measg
'S a dh' fhuilig e pàis agus bàs
Gu 'r sàbhaladh bho sgrios.
'S ged bhiodh tu air do ghlùinean
Ri ùrnaigh, traisg is déirc,
Mar 'eil a' charrantachd unnad
Is fuaim thu gun fheum.

4. Ged a thogadh tu tigh geal
Le aol is clach 's gach seud
Mar cuir thu dion air a mhullach,
Cha-n 'eil ann ach tigh gun fheum ;
Tha 'charrantachd 'cur dion
Air ar gniomhannan gu léir
'S mar 'eil a' charrantachd unnad
Cha-n 'eil unnad ach tigh gun stéidh.

AM PEARS'-ANMANNA.

Criosta 'nochd,
'Athair nam bochd,
'Cheusadh gu goirt
Fo bhinn gach olc,
Dion an nochd bho Iùdas mi,
A liuthad lochd,
A rinn mo chorp,
Nach urrainn dhomh nochd a chuimhneachadh.
A Dhia na Fala fìrinnich
Na dìobair mi bho d' mhuinntireachd
Cuir Mìcheil geal a chòmhail m' anmanna
An nochd agus gu siorruith.
AMEN.

LAOIDH SPIORADAIL.

1. Gur muladach a tha mi
'S mi ri àireamh sios mo lochd;
Cha-n urrainn mi 'g a àicheadh
Nach 'eil fàillinn ann am chorp;
Ge d' fhuair mi 'n creideamh gràsor
Chum mo shàbhaladh bho 'n olc,
'S e dòchas agus gràdh
A bheireadh slàinte do mo lot.

2. 'S e creideamh an ciad iarrtas
'Tha riatanach 'thoirt duinn,
A thogas dhinn na fiachan
A bha riamh oirnn bho thùs.
Ar leam gur mòr na miarailtean
'Rinn Criosta 's an lagh ùr
Nuair nìtear clann do Dhia dhinn
Leis na briathran 's leis a' bhùrn.

3. Tha dòchas air a dheigh sin—
Gniomh a dh-fheumas a bhith ann,
'Toirt misnich do na creutairean
Los nach géill iad anns gach àm.
Ma thuiteas sinn 's an eucoir
Feumar éirigh aisd 'air ball
Le aithreachas 's le éisdeachd
'Dianamh réit' air son a chall.

4. Tha gràdh 'n a shubhailc phrìseil :—
Bha air innse dhuinn bho chian
Mar ghléidh am fàidh fìrinneach
Le dìchioll air an t-sliabh,
Le traisg agus le ùrnaigh
Fhuair e 'n cùmhnant sin bho Dhia—
An lagh air clàr nach dìobair
Mar a sgrìobh E fhéin le 'mhiar.

5. 'S e gaol do Dhia 's d' ar nàbuidh
Suim nam fàintean sin gu léir ;
Ma ghléidheas sinn na dhà sin
Cumar càch leinn air an réir :—
Na reachdan sin cho cruaidh oirnn
Air son ar buannachd fhéin,
'S gun aithnichear am buadhannan
'N ar gluasad anns gach ceum.

6. Feumaidh sinn na reachdan sin
A chleachdadh anns gach càs,
Is bheir iad oirnn gun seachainn sin
Na seachd chinn-pheacaidh bhàis :
Tha struthain dhiubh gu lionor
'G ar dian-ruith anns gach àit'
Ag éirigh suas 'n ar togradh
Bho na tobraichean 'tha làn.

7. Tha peacadh tròm an uabhair
'N a rud uamhasach ann fhéin,

A chuireas oillt 's gach uair orm
'N uair a smuainicheas mi e :
'S i 'chiont anns an robh Lucifer
'N uair a sgiùrsadh e gu péin,
'S a thilgeadh do 'n toll thruaillidh e
Gun iochd gun truas mu 'dhéighinn.

8. B' aingeal àrd air nèamh e
'S thug e greis 'an éibhneas shuas,
Is deòmhan dubh an dràsd' e,
Slabhruidh phràisich air gu cruaidh,
Bho 'n dhiteadh leis an Ard-Righ e
Gur daor a phàigh e 'dhuais,
Gur cunnart mòr do chàch e
'S e 'n a nàmhaid aig an t-sluagh.

9. Nach smaoinich sibh a Chriostuidhean
Mar 'dh' fhiachadh ris 's an àm,
Mar dh' ìslich ceartas Dhia e
Dh-ionnsuidh péin gun chrioch gun cheann,
E fhéin agus a réiseamaid
Le chéile 'sgiùrsadh ann,
Na lasraichean gu dian-loisgeach
Romh 'shròin 's romh 'bhial 'n an steall.

10. Tha 'n sannt 'n a dhubhailc lionor
'S e air siolachadh 'n ar measg,—
Ar cridheachan a' miannachadh
Air sgitheach giar nan dris.

Eadar reachd an Iompaire
'S an neach a's isle meas
Tha pàirt dheth ann ma dh-innsear e
Fos n-iosal no le fios.

11. 'S e gaol an òir 's an airgid
Còmhdach dearbhte air an t-sannt.
Bithidh daonnan murt is marbhadh
Air an ainmeachadh 'n a gheall.
Bithidh slaoightearachd is cealgaireachd
Mu bhargannan ar cainnt,
Is mòran de dhroch innleachdan
'G a sgriobhadh leis a' pheann.

12. Ge d' gheibheadh sinn de stòras
Na tha 'dh-òr 'am meinn nan creag,
Cha riaraicheadh e còmhla sinn
Na 's mò na ni rud beag;
Cha-n 'eil feum 's a chothrom sin
Ach dolaidh agus bleid;
'S e 'dh-fhàgadh saibhir sona sinn
'Bhith toilichte le 'r staid.

13. Nach sgreataidh staid na neoghlaine
Ann an seòmraichean an uilc;
Na soithichean a dh' òrduicheadh
'Bhith glan mar òr gun dus,
'Nuair nìtear iad 'n an gràineileachd
Na 's tràilleile n' a mhuc

Fo chuibhrich aig an aibhistear
'G an tàladh dh' ionnsuidh 'n t-sluic.

14. Tha 'm peacadh sin cho biastail
Bho 'n chiad là gus an diugh,
'S gun 'ghearradh ás gu lionor iad
'An dianadas an cluich :
Ceann-aobhair sgrios an t-saoghail
'Nuair a thaom a nuas an tuil :
'S a chailleadh sluaigh an talmhuinn
Eadar anmannan is chuirp.

15. Mo chomhairle do 'n òigridh
Iad a thòiseachadh ás ùr,
Fuath 'thoirt d' an gòraiche
'S an dò-bheairt 'chur air chùl,
An teine beag 'tha laist' unnta
'Chur ás mu 'n dian e smùid :
'S ann 'dh-fheumas iad a sheachnadh
'S nach 'eil peacadh ann a's mò.

16. Tha 'gheòcaireachd 'n a h-eallach
Air an fhear dha 'n airidh 'n t-ainm,
Is tàmailteach an alla
'Bhios ri aithris air a lorg,
Bheir iad strian dha 'n coluinnean
Mar choin a bhios air cairbh:—
Aoradh 'tha mi-shona
'Bhith 'toirt toileachadh dha 'm bolg.

17. Tha 'n craos 'n a aobhar cianalais
Do 'n dream 'tha lionor ris,
'Bhith 'g òl na tha mi-riatanach,
A' call an ciall gun fhios.
Na 's mios' na brùid an òtraich
Do na dh' òrduicheadh 'bhith 'dhith.
'S e 'n craos agus a' gheòcaireachd
An còrr de bhiadh no dhibh.

18. 'S fhada bho na chuala sinn
Co bhuaithe 'chinn an fhearg,
Aimhreit agus tuasaid
Agus bualadh cruaidh nan arm.
Am fear a bhios an uachdar dhiubh
'S e 'choisneas buaidh is ainm,
Bithidh moit air agus gàirdeachas
Ma dh' fhàg e 'nàbuidh marbh.

19. Cha-n aobhar moit no gàirdeachais
Do bhràthair fhàgail ciùrrt'
Gun fhios mu 'n tig am màireach
Nach caill an làmh a lùs.
Ged bhitheadh e cho làidir
'S a bha Samson 'n àirde 'chliù
Cha treasa romh na bhàs e
Na bhiodh pàisde bàth gun tùr.

20. 'Se miar de 'n chaothach iarguinneach
Gun chiall a tha 's an fheirg,

An fhuil a' goil mar fhiabhrus
A' sior-mhiadachadh a beirm :
Na theirear leis a mhiothlachd sin
Gur briagan agus ceilg :
Cha-n éisdear facal riaghailteach
Gus an siothlaidh e gu soirbh.

21. Tha 'm farmad air a chronachadh,
Gur dona an ti nach creid,
Tharmuich e bho 'n donas—
Mac nam molluchd 'rinn a' bhleid :
Is tràth a ghabh e 'n cothrom
Air a' chomunn 'bha cho beag,
An ciad bhràthair 'bha onarach
Gun 'ghonadh e gun chead.

22. Bha 'fhuil ag éigheach diùghaltais
Gu dlùth am measg nan nial,
Am murtair fhéin fo chùram
Is e 'call a lùis le fiamh
Ag iarraidh àite falaich
'An dùil nach amaiseadh e Dia ;
Cha do smaoinich e air aithreachas
Ach aithris nam fior bhriag.

23. Tha mòran sluaigh fo cheannsachadh
Air slabhruidh aig an leisg,
Nach oibrich tùs an t-samhraidh
Ann an àm an lùis 's an treis',

Cha-n 'eil iad 'gabhail sàmhlaidh
De sheangain chàm nam preas—
'N uair thig fuachd a' gheamhraidh
Cha tig ganntar orra 'feasd'.

24. Tha 'n t-àm agaibh 'bhith dìchiollach
Gun dad dhe 'r tim a chall
A' saothrachadh gu dìleas
Chum na crìch' dha 'm beil ur geall:
Ar dianadas 'g a sgrìobhadh
Anns an rìoghachd a tha thall,
Ar gniomhannan 's ar smaointeannan
'S gach facal faoin dhe 'r cainnt.

25. Ma tha sibh fhathasd dìomhanach
Gur tìm dhuibh tighinn gu feum,
Saighdearachd a dhianamh
Anns a' chogadh dhian nach tréig'.
A' gleac ris na trì rìghrean
'Tha 'g ur cìosnachadh le streup
An saoghal is an t-aibhistear
'S anamiannan gnànnd' ur creubh.

26. A chraobh nach tilg a blàth dhith
Cha ghléidh gàirneilear 'n a lios,
Is gearrar ás an làraich i
Bho na dh' fhàilinnich a meas.
Tilgear anns an ùrnais i
Le diùghaltas gun iochd

Gus an dianar gual dhith
Ann an lasair bhuan an sgrios.

27. Is cruaidh an sgeul 'th' air innse dhuinn,
Gu cinnteach 's fìrinn e,
Mu 'n t-sluagh a théid a dhìteadh
Gu sìorruchd bhuan na péin';
Mar chruinnicheas na buanaichean
Am bàrr 'n a sguaban réidh
Bithidh àireamh beag nan Criostuidhnean
Mar dhiasan ás an déigh.

28. Tha sòlas anns na flathas
A' bhith 'n làthair cathair Dhé;
Cha do thomhais aon neach fhathasd e
'Tha 'labhairt ás a bheul:
Cha-n fhaca sùil 's cha chuala cluais,
'S cha do smaointich neach fo 'n ghréin
A mhiad 's a th' aig ar Slànuighear
Mu mhuinntir ghràdhach fhéin.

29. Tha buaidhean an Dia fhiughantaich
Gun tùs, gun chrioch, gun cheann;
Gur léir dhomh air gach taobh dhomh iad
Ged bhitheadh mo shùilean dàll.
Tha 'ghniomhannan mar leabhar
'Bhiodh mu 'm chomhair ann am làimh,
'S ged 'thionndainn mìle duilleag
Chi mi tuilleadh 's an taobh thall.

NA FAINTEAN.

'S e deich a's àireamh
Do na fàintean
'Sgriobhadh air clàraibh
Le Dia nan gràsan
'S a thugadh do Mhaois anns an fhàsach.

1. Aoradh thoir do dh-aon Dia eudmhor.
2. Na gabh 'ainm an uair nach fheudar.
3. Cum an Dòmhnach 's gach là' féille.
4. Striochd dha d' phàrantan 's thoir spéis dhaibh.
5. Na dian marbhadh na peacadh feirge,
6. Smaoin, no briathar, no gniomh mi-bheusach.
7. Na dian goid, na braid, no meirle.
8. Faic nach tog thu fianuis bhréige.
9. Na miannaich bho fhear eile 'chéile,
10. Na sanntaich dhut a thigh no 'fheudail.

SMAOINTEAN AIR A' BHAS.

1. Mo Dhia, mo Chruthadair, 's mo Shlan'ear,
Eisd le iochd is bàigh ri m' ùrnaigh,
Is builich orm do ghrasan slàinteil,
'G uair a' bhàis a thoirt fo m' shùilean;

A chum 's gun tuig mi miad a ghàbhaidh,
Is a chràidh, a bhios 'g am chiùrradh.
'N uair nach bi mo dhùil ri slàinte,
Ach mo charadh fo na bùird fhuar !

2. O 's tur neo-chinnteach dhòmhs' an t-àm sin
Anns an tig am bàs (gun m' fhaighneachd)
'N ann aig mo dhachaidh fhéin ? no c' àite ?
'N ann 's an là ? no anns an oidhche ?
Am bith e sgiorrail dhomh ? no nadarr' ?
Neo am faigh mi dàil gu m' fhaoisid ?
Cha-n fhios domh cuin no dé 'n t-àite,
Ach gun tig e 'n trà nach sacil mi.

3. Ochòin gu dé a dh' éireadh dhòmhsa
[Agus cleoc a' Pheacaidh-Bhàis orm]
Nan reachadh fios 'chur thun a' Mhòid orm,
Mar chaidh oigridh cho math slàint' rium ?
Och ! bhi'nn 'g am riasladh ann an dòruinn
Shiorruith Ifrinn, comhl' ri Sàtan !
Ach taing do Dhia airson a thròcair,
Cliù is glòir Dha, chuir e dàil ann.

4. Ged tha mi 'creidsinn anns an fhìrinn
'S ann tha m' inntinn bhaoth aig siochaint,
Ceart mar gu 'm bithinn uile chinnteach
As an tim 's an tig a chrìoch orm ;
Is mar gu 'm biodh mo chor'chean sgribhte
Air ard-Righeachd 's am beil Criosta

'Fiachainn glòir' dha chàirdean dìleas,
Nach do dhrùigh air inntinn Criostaidh?

5. Tha, 'nis, mi 'faicinn mo chaomh chàirdean,
('S iad gu cràiteach, truagh mu 'm dheighinn)
A' sileadh dhiar is iad ag ràdhainn—
Och! 's e 'm bàs e! chaoidh cha-n éirich!
Is fheudar fios a chur, gun dàil, air
Fear mo ghraidh, an t-Athair-Eisdeachd,
Los gu 'm taigh e 'n Ola-bhàis gu
Slighe Phàrais a' bhi réidh dha.

6. Ach theagamh nach bith 'n gaol an Sagart
Anns a' bhaile aig an uair sin;
Theid fios a rithist air, le cabhaig,
E gu grad a thigh'n g' am fhuasgladh,
Ma dh-fhaoidt' nuair thig nach bith agam
Purp, no aithne, is nach luaidh mi—
A Dhia, dian tròcair nis air m' anam,
Is na d' asgail faigheam suaibhneas.

7. 'S gu dé bharail a bhios agam
Air gach aimideachd is gòraich?
Is air gach cridhealas is aighir,
'S an robh baileach m' uile shòlais?
Is dorra 'nis iad na mo ghalair
'Fàgail m' aigne tur neo-stòlda,
A thaobh gun 'chuir mi cùl (mo mhasladh)
Ri guth Athair naomh na glòire!

8. 'S ann tha 'm furban truagh air m' inntinn,
Nach gabh innse 'chaoidh le briathran—
Tha ifrinn fosgailte gu h-iseal
'S deomhain mhillteach dhubh 'g am iathadh
Is iad a' cograich, "tha thu dìte—
Sò an uair 's na dhiobair Dia thu,
A chionn nach robh thu dhasan dìleas
'S e do bhinn a' bhi 'g ad phianadh."

9. Ach 's ann tha m' aingeal rium ag 'ràdhainn,
Na toir cluas do Shàtan briagach,
Ach cuimhnich fulangas do Shlàn-fhear,
Leis na phàigheadh do chuid fhiachan,
Is air a' bhòid 'thug Dia nach b' àill leis
Bàs a' pheacaich, ghràineil, iargalt,
Ach tilleadh ris 's gu 'm biodh e sàbhailt,
Ann an àros nèamh gu siorruith !

10. A Thrianaid shiorruith naomh na mòrachd
Dian-sa tròcair orm 's an àm sin,
A mhàthair Dhia, 'bha riamh a 'd Oigh,
Cuir air fògradh bhuam mo nàmhaid,
Is gleidh dhomh misneach agus dòchas,
As an Fhuil a dhòirt mo Shlàn-fhear
'S an deis mo sheasamh aig a mhod, O,
Thoir mi leat do Shòlas Phàrais.

AN T-AINGEAL COIMHIDEACH.

'Aingeal naoimh 'chaidh 'chur a nuas
A Aros suaibhneach glòrmhor Dhè,
Gus mo theasraiginn 's gach uair,
Bho ghà 'dh, bho thruaighe, is bho bheud,
Stiùir mo thriall air slighe 'n Uain,
'S na treig mi m' buaireadh no 'n teinn
Ach air do m' Chorp an deo thoirt suas
Thoir mi le buaidh do Righeachd Nèamh.

NAOMH IOSEPH.

1. A Naoimh Ioseph, 'Oide-Chriosta,
Gabh-sa cùram dhiom is dion mi,
Is mi 'n innis dhorch' nan diar so,
'Measg mo naimhdean, guineach, lionor.

2. 'S tric 'bha Iosa Criost, mo Shlan-fhear,
Ann ad uchd le mùirn 'ga thàladh ;
'S cha do dhiùlt E riamh dhut fàbhar
Ré a chuairt 'an gleann-a-Bhais sa.

3. 'S cia-mar gheibh thu bhuaithe 'n euradh,
'Nis 's E 'n uchd an Athair Nèamhaidh,
Ann an Righeachd shiorruith 'n éibhneis
Agus tusa, 'luaidh a' bhi fo sgeith-sa.

4. Air an aobhar sin, na diobair,
Mise, 'm peacach suarach, diblidh,
Seas aig uair mo bhàis mi dìleas
Los nach faigh mo naimhdean cìs diom.

5. Taing is moladh, cliù is gloir do
Dhia nan dùl, an iochd, 's na mòrachd,
'Chionn gun d' roghnaich E thus' Ioseph,
Gus na peacaich thruagh a chòmhnadh.

NAOMH EOIN.

1. O Ostail àghoir,
'Fhuair de dh-fhàbhar,
'Bhi 'gad thàladh
Dlú ri.
Uchd sonais, àluinn,
Naomh an t-Slàn-fhear,
('N oidhch' ro 'bhàs)
Gu mùirneach.
'S a chuir fo d' dhion
A Mhàthair dhiadhaidh
Le ro-mhiad
A rùin ort.
O 's tu, a luaidh,
A ghaoil an Uain,
Mo dhion ri uair
Mo thùrsa.

2. Tha m' aigne 'g éiridh
Le mòr éibhneas,
'S mi gun éis
Gun phràmh orm,
Is gràdh 'g am theumadh
Gu bhi réidh ri
Dia, 's a' chéin-thir-s'
Fhàgail—
An uair a smaoinicheas
Mi an Naomh sin
'Bha cho caomh
Le m' Shlàn-fhear,
A' bhi 'gam dhion
'S gach gàbhadh, 's diachainn,
Buaireadh, iarguin,
'S ànradh.

3. Tha thù 'an sòlas,
Ostail-Oigh,
'N làth'r na mòrachd
Siorruith ;
Seadh anns a chòisir
Nèamhaidh, cheòlbhinn,
'Seinn sior ghlòir
Do 'n Trianaid
Le caithream bhinn
A leaghadh crìdh'
Gach neach 'tha 'n tìr
Nan diar so.

Is tu mar reul
A baoisgeadh éibhneas,
Shuas fo sgéith naoimh
Chriosta.

4. Ach 'm mìle trian
Dhe d' bhuaidhean fiachail
'Bhuilich Dia
Gu saor ort,
A chaoidh nan cian,
Tha e do-dhiante
Inns' le briathran
Daonda,
"Cha n fhaca sùil
Air crìdh cha d' dhrùigh
Cha bhreithnich tùr—
Cha smaoinich,
'S cha chuala cluas
A' ghlòir do-luaidh,
A th 'aig an t-sluagh
Tha 'n aoibhneas.

5. Nis', Eoin, bho n' tha thu
'N inbh cho àrd 'an
Righeachd Phàrais
Shuaibhnich;
'S nach diùlt an Slànfhear
Dhut aon fhàbhar

Gléidh fo làimh-s'
Bho thruaigh mi;
'S mi 'n am chreutair
Diblidh, feumach,
Peacach, creuchdach,
Suarach,
'An gleann a bhròin-so
Cian air fogradh,
'S mo luchd toir
'G am ruagadh.

6. O taing gu siorruith,
'S cliu do 'n Trianaid
Thaobh gach tiodhlac
Aghar,
A fhuair mi riamh
Bho d' mhathas fialaidh
Ged nach b' fhiach mi
Fàbhar;
Nis' bho n 's e Naomh sin—
D' annsachd ghaolach
Anns an t-saogh'l-s'
Mo phàtran,
O gleidh dhomh 'n solas
Mi 'bhi còmhl' ris
'Seinn do ghloir
Am Pàras.

LAOIDH DO 'N OIGH MHOIRE.

1. A Bhànrigh ghlòrmhor,
'Tha 'còmhnuidh shuas,
Cha-n 'eil ach dòchas
Ri fhòlum bhuat.
'S tu Màthair na tròcair,
Is friamh gach sòlais,
'S tu àros eòlais
Le còir bho 'n Uan.

2. 'S tu 'n Reulta phrìseil,
A 's fior ghlan snuadh,
'Tha 'stiùr' nan dìobrach
Air thìr 's air chuan ;
Am peacach dìblidh
Cha dian thu 'dhìbirt,
Ma their e—" Till rium,"
Le crìdh' neo-thruaill.

3. Cha-n 'eil ri fhaighinn
Do mhaise 's d' aoigh,
Tha 'ghrian 's a ghealach
Fo smal ri d' thaobh,
'S do ghlòir 's na Flathas
Air deas-laimh 'n Athar
'An drills' nan Aingeal
Le gathan gaoil.

4. Is cuan nach tràigh thu
De ghràsan caomh,

'S i 'n fhialachd d' àbhuist
'S tu bàigheil, faoil:
'S e toil an t-Slàn'ir
Gach beannachd 's fàbhar
'Thoirt duinn romh d' làimh-sa,
A Mhàthair ghaoil!

5. Riamh peacadh Eubha
Cha d' reub thu, 'luaidh!
Cha fhreagradh beud
'Bhith air Reul na Stuaim,
O 's tusa Céile
Ard-righ gach creutair
Is Màthair eubhachdach
'N Dé bhith-bhuain!

6. Tha 'Chòisir ghlòrmhor
Le còmh-stri naoimh,
Fiach co dhuibh 's bòich'
'Sheinneas ceòl is laoidh 'n
Dhuts' Oigh na mòrachd
Nam buaidhean òrdhearc,
'S tu 'snàmh 'an sòlas
'S an glòir mar-aon!

7. O 's buidhe dhasan
'Bheir gràdh dhut òg
'S bhios gach là 'cur
Air àird do ghlòir';

Ged thig air Sàtan
'Chur peacaidh bhàis air,
Bidh e mar stàillinn—
Cha tàrr air còir !

8. O ! Pheacaich thàireil
Na caill do dhùil
Ach bi bho 'n àm so
Fo chràdh ri tùrs'
Mu d' chiontan gràineil ;
Is iarr do Mhàthair,
'S gheibh i dhut gràsan
A shàbh'las tu !

9. Ma bhios cion slàint' ort,
No pràmh, no dìth,
Na tréig do Mhàthair
Ach tàlaidh rì' ;
'S chinnt 's gur bàs dhut
Gum meal thu Pàras
'N deigh 'n saoghl'sa fhàgail
Le bàs 'an sìth.

10. Ma bhios ort cùram
Mud' chùisean saogh'lt',
O iarr a h-ùrnaigh
'S gheibh thu faoch'.
'S mar faigh thu 'n tùs e
Lean le dùrachd

S ni i do stiùireadh
Air cùrs' nan Naomh.

11. Oir riamh cha chualas
Gun d' fhuair e 'dhiùlt'
Aon neach 'am buaireadh
No 'n truaighe ciùrrt',
A dh'iarr oirr' fuasgladh,
Le cridhe gun luasgan,
'S le beachd neo-ghluas-'dach
'Bhi buan 'n a rùn.

12. Na toir gu bràcha
Do ghràdh 'dh-aon ni
Tha 'n gleann a bhàis so,
A tha 's nach bi ;
Ach taisg is àraich
Do ghaol dha d' Shlànfhear,
'S dha 'Oigh Mhàthair
'Tha 'tàmh 'n a dhrils'.

13. 'S bho n' chuir mi dhuibhse
Mo rùn an céill
'S bho n' dh-inns' mi 'n tùs dhuibh
Reul-iùil nam beus,
Gun cuir mi dùnadh
Air leis an ùrnaigh
A Mhoire tionndaidh mi
Dh-ionnsaidh Dè.

EACHDRAIDH CHRIOSTA.

1. Chuir an t-Athair 'Aona-Mhac
A nuas gu 'r sàbhaladh bho dholaidh.
Ghabh e nàdar a pheacaich—
Anam daonda agus coluinn.

2. Ghineadh leis an Spiorad Naomh e,
'S Moire bheannaichte a mhàthair.
'S ged a ghabh e nàdar daonda
Lean e 'n a Dhia mar 'bha.

3. Rugadh e air oidhche Nollaig;
'S mòr am fuachd a fhuair a choluinn
'S e 'n a shìneadh anns an fhrasaich
Gun 'n a chòmhail ach damh is asail.

4. Thàinig buachaillean g' a fhaicinn;
'S rìghrean, dha 'm bu chian an t-astar,
A thairgse mirr is tùis is òr dha—
Sagart agus righ na mòrachd.

5. Dh' fhuilig e a thimchioll-ghearradh
'S gum b' e 'thoil gach fàint' a leantuinn.
Thairgeadh e le 'mhàthair 's an teampull
'S rinneadh fàisneachd dha le sean-duin'.

6. Ach cha b' fhada thun am b' fheudar
Triall air chabhaig thun na h-Eiphit
Fo chùram a mhàthar 's a céile
'Sheachnadh cosgairt' a rinn Hérod.

7. 'N uair a thill e bho dhùthaich aineil
'S ann gu Nasareth a ghabh e
A chothachadh le saothair a lamhan
An taighe anns an robh e 'fantuinn.

8. Uair dha 'n deach iad thun an teampuill
Dh' ionndrainn iad bhuap' e 'tilleadh,
'S mu 'n d' fhuaradh e 'am measg nan ollamh
Chaitheadh trì latha 'g a shireadh.

9. Eachdraidh eile cha-n 'eil againn
Mu na bliadhnachan 'chaidh seachad
Mu 'n do dhealaich e ri 'dhachaidh
'Theagasg sàbhaladh do 'n pheacach,

10. Ach mu 'n bhuaireadh anns an fhàsach
An deis dha 'bhi 'trasgadh carghuis
'N uair a dh' fhiachadh ris le Sàtan
Le craos, le sannt, 's le àrdan.

11. Rinn e iomadach miarailt
Bho thionndaidh e 'n t-uisge gu fion daibh.
Thug e fuasgladh do phiantaich
Anns gach easlaint 'bha 'g am fiachuinn.

12. Fhuair na bacaich comas coiseachd,
Fhuair na bodhair air ais an claisteachd,
Fhuair na doill an sùilean fhosgladh,
Dh' fhuasgail e teanga nan tosdach.

13. An té a bhean do fhaitheam éididh
Fhuair i leigheas as a h-euslain.
Cha robh luibhre, cha robh teasach
Nach robh Mac na h-òighe 'leasach'.

14. Iadsa 'bha fo chuing an nàmhaid
Dh' fhuasgail e an iall 'g an ceangal:
'S ghairm na mairbh as a chlachan
'S thill e iad 'n an slàinte dhachaidh.

15. Thug e tri bliadhna 'teagasg
'S a' stéidheach' gu domhain na h-Eaglais',
A thog e air a charraig Peadair,
'S gheall e i 'bhith ann am feasda.

16. 'S e Peadair 'fear a b' àird 's a chòmhlan,
'Fhuair an t-urram a bha sònraicht'—
'Bhi 'n cuideachd Mhic Dé an còmhnuidh
'G ionnsuchadh gliocais 'n a chòmhradh.

17. Dà-fhear-diag a bh' ann gu léir dhiubh—
Peadair, agus Eoin, is Seumas,
Anndrais, is Bartoloméus,
Matu, Tòmas, is Tadéus,

18. Philip, 's Seumas mac Alphéis,
Mar-ri Sìmon Cananèach,
Agus Iùdas,—fear na h-euc'rach—
'Bhrath Mac Dé le pòg na ceilge.

19. 'S a thurus a 'bhith 'tighinn gu crioch
Thàinig Criost le 'dhà-fhear-diag
Chumail Càsga 'réir na riaghailt'
'Dh' fhàgadh ann le Maois 'o chian.

20. Thàinig iad còmhla gu Sàlem,
'S bu dian a bha 'n sluagh 'g am fàilteach'—
Slatan de 'n phailm 'n an dearnaibh,
'Seinn fàilte do Mhac Righ Dàibhidh.

21. Chruinnich Criost 's na h-Ostail ghaolach
Mu 'n bhòrd air oidhch' Dhirdaoine:
Bheannaich e 'n t-aran 's am fion,
Is labhair e na briathran naomha:

22. "'S e so mo chorp-sa," os ar Slàn'ear,
'S cha b' e aran a bh' ann tuilleadh:
"'S i so cailis m' Fhuil-se 'dhortar,"
'S riaraich e a chuideachd uile.

23. Thriall e thun an lios, mar 'chleachd e;
Dh' iarr e 'n triùir a bhith 'n am faicill:
Ach cha b' fhada rinn iad caithris
A dh-aindeoin na dùrachd a bh' aca.

24. 'S e Mac na h-òighe 'bha brònach,
Dh' fhuilig a chridhe trom-dhòruinn,
Am fallus dearg dheth 'dòrtadh
'S a choluinn le fuil a' lòchradh.

25. Dh' eubh e air Athair 'n a éiginn :
"Seachainn ormsa 'chailis péin-sa,
" Ach òlar leam i air a seirbhead
" A riarachadh do thoil ma 's fheudar."

26. Chuireadh a nuas as na h-àrdaibh
Aingeal gu cobhair an t-Slàn'ir ;
'S 'n uair fhuair e seachad na spàirnean
Dh' éirich gu triall 'o n ghàradh,

27. Ach chunnacas daoine le armaibh,
'S 'n an lamhan bha leois a' dealradh ;
Air an ceann bha 'n t-ostal cealgach
A bhuaireadh le sannt an airgid.

28. Gun robh d' uair a nis' air tighinn
Dh' fhalbh thu, Iosa, leis a bhuidhinn,
Cha d' rinn thu gearain no bruidhinn
A dh-aindeoin 's na bha 'thàir' 'g ad ruighinn.

29. Chaidh iad leat gu ruig cùirt Chaiphais ;
Chualas leat an fhianuis bhréige ;
Chuir e faobhar 'nad chridh' 'bha cràiteach—
'G éisdeachd Pheadair fhéin 'g ad àicheadh.

30. Ge do fhuaradh thu gun choire
'Liuthad briag a bha 'n ad aghaidh
Cead cha d' fhuair thu as a choinneamh
Ach masladh agus tàir 'gun ghainne.

31. Bhualadh dòrn air Dia na naomhachd,
Chaith iad smugaidean 'n a aodann,
Ghuidh iad bàs dha, 's iad 'g a shlaodadh
Gu Pilat am britheamh claonach.

32. " Co dhe 'n dithis a leigear as dhuibh?
" An gabh sibh Iosa neo Barabbas?"
Is 'fhios ro-mhath gur ann tre fharmad
'Thàirneadh Criosta thun na cathrach.

33. Dh' eubh iad còmhla 'murtair 'fhuasgladh
Is Ios' ar Tighearna a thoirt suas dhaibh
Los gun ceusta leo gu luath e;
'S ghéill an t-uachdran 's a bhruaidlean.

34. An deis do choluinn a 'rùsgadh
'S a sthracadh bho chéile le sgiùrsan
'Am fochaid lùbadh glùn dhut,
'S dh' fhigheadh dhe 'n dreighinn crùn dhut.

35. Dhinneadh mu d' bhathais teann e,
'S bhuaileadh le cuilc mu 'n cheann thu,
Chaith iad seile bhreun mu d' leth-cheann
'Fiachuinn gach mi-mhodh 'bu deise.

36. Chuir iad umad cleòca sgàrlaid,
'S gum b' i sin an deis' 'bu nàraich';
'S los thu dh-fhaotuinn barrachd tàmailt'
Dh' eubh iad: "'Righ nan Iùdhach! Failt' ort!"

37. Thogadh a chroich air do ghuaillean,
'S a Rìgh! bu chianail a h-uallach:
'S mu 'n d' fhuair thu 'Chalbhari suas i
Cha b' ioghnadh thu 'thuiteam 'an tuaineal.

38. Shàthadh saighead 'n ad chridhe
'Coinneachadh Moir' air an t-slighe.
Bu bhrònach ur cor 'n ur dithis,
Bu trom air ur gruaidh an snidhe.

39. Bhuail iad tàirnean ann ad lamhan
'Stracadh fhéith is alt is chnamhan;
Chladhaich iad 'n a dhéigh do thraidhean,
'S dh' fhuaigh iad ris an fhiodh do choluinn.

40. Thogadh air a bhonn am fiodh—
Uan nan gràsan air a shlios,
Uan na h-ìobairt' ùire,
'Bha ri 'r sàbhaladh bho sgrios.

41. Bha cuideachd do ghaoil mu 'bhonn—
Magdalen is d' Ostal Eoin,
Is Moire, dha 'n robh 'n cridhe trom,
'Glacadh seanchas do bheòil.

42. Fhuair thu 'n donbhlas ri 'òl—
Ceudfath cha robh saor bho thàir;
Bhodhradh do chlaistneachd leis a ghlòir
'S a bhlasbheum 'bh 'ann am beul na gràisg'.

43. Roinn iad eatorra d' éideadh
Tilgeil chrann air a sgàth
Los gun dearbhte gun bhréig
Na labhradh 'o chéin le fàidh.

44. Os do chionn bha tiodal sgrìobhte
'N cainnt na dùthch', na Ròimh', 's na Gréige:—
"'S e so Iosa, Righ nan Iùdhach"
'Cur air shùil daibh fàth do cheusaidh.

45. Chrochadh meirleach air gach laimh dhiot:
Fear dhiubh ghabh thu 'stigh dha d' chàirdeas;
Thug thu mathanas anns na rinn e,
Gheall thu sonas buan dha 'm Pàras.

46. Dh' fhalaich a ghrian a h-aodann,
Thàinig dorchadas air an t-saoghal
Bho 'n t-siathamh uair gu ruig an naoitheamh,
'S chualas am Fear-Ceusta 'glaodhaich:

47. "Eli lamma sabbachthani?"
"A Dhia, am beil thu 'dol g' am fhàgail?"
Bha guin a bhàis 'n a chridh' 'g a shàthadh
'S anam 'gleac ri cruas na spàirne.

48. Chrom do cheann air do bhroilleach,
Chaill do choluinn a treòir,
Cha d' rinn thu gluasad na osnaich
Bha thus', 'Mhic Dé, gun 'bhi beò.

49. Sthracadh cùirtein an teampuill
Bho' bhial uachdrach gu 'iochdar;
Chaidh 'n talamh fhéin gu iorghuil—
Crithean 'g a sgàineadh 's ga riasladh.

50. Dh' fhosgladh iomadach uaigh,
Mhosguil na mairbh as an suain,
'G éirigh bho na leacabh fuar'
'Cur fuathais is geilt feadh shluagh.

51. Chaidh d' anam le luas nan dealan
Cho luath 's a thilg thu 'n anail
A choimhead nan anam 's a phrìo-an
'Bha 'n dùil ri tighinn Mhessìa.

52. Cha b' idir ifrinn nam piantan
Nach dioclar a theintean gu siorruith
Ach còmhnuidh nan anmannan diadhaidh
'Bha 'feitheamh ri tighinn an Tighearna.

53. Ach mu 'n d' fhuasgladh 'o 'n chroich thu
Dh' fhuilig thu do thaobh a tholladh:
Dhòirt thu na bha dh-fhuil 'n ad choluinn,
Cha chaomhnadh tu aona bhoinne.

54. Dh' fhosgail thu dhomhsa 's a chreuchd
Aon tearmunn ann am miadhoin do chridhe—
Fàrdach far am bithinn gléidhte
Bho innleachd 's bho neimh na béiste.

55. Ghlac do Mhàthair do Chorp fuilteach,
Cha b' ioghnadh leam a sùil 'bhi silteach :
'S 'n uair a dh' fhàgadh leithe fo 'n lic thu
Bha 'cridh' 'an ion 's 'bhi briste.

56. Ach moch air maduinn na Càsga
Thill d' anam gu d' choluinn a thàmh ann—
Do 'n choluinn 'fhuair buadhannan àghor
'Gheibh coluinn gach naomh ann am Pàras.

57. A chlach a bha mu bhial na h-uaghach
Chaith thu gu luath air falbh i :
Mhuthaich do luchd-faire 'n gluasad
'S chlisg le uamhas fo 'n cuid armaibh.

58. Dà-fhichead là 'n a dheaghaidh dh' fhan thu
Mar-ri d' Ostail air an talamh.
Fhuair iad comas olc a mhathadh
'S a h-uile gibht a b' àill leo fhaighinn.

59. Ach ràinig uair 'am b' fheudar triall
A dh-fhaotuinn do dhuais 'o Dhia
Anns na choisinn thu le d' ghniomh
Fhad 's a bha thu 'n dail nan diar.

60. Dhìrich thu Dirdaoin do 'n bheinn
Air do chuartachadh le d' threud,
Dh' éirich thu suas do 'n speur
Is chaidh thu 'falach ann an neul.

61. Bha 'chuideachd is an sùil 'n ad dhéigh
Ag amharc mar a ghabh thu 'n ceum
'N uair chunnacas air tighinn 'o nèamh
Dithis Aingeal dha 'm bu sgeul :—

62. " Eisdibh, mhuinntir Ghalilè,
" Iosa a chaidh suas air nèamh
" Tearnaidh e bho dheas laimh Dé
" 'N uair theirigeas an cruinne-cé."

LATHA 'BHREITHEANAIS

1. 'N uair theirigeas an cruinn-cé
Thig Mac Dé le feachdan Aingeal ;
Taisbeanar a chrois 's an speur,
Lasaidh na nèamhabh le 'lainnir.

2. Thig e 'thoirt breith air clann-daoine,
'S a h-aon diubh cha téid 'am falach ;
Thig iad as gach cearn' de 'n t-saoghal
Is snaoimidh 'h-uile corp ri 'anam.

3. Seinnear trombaid leis an Aingeal,
Mosglaidh na tha 'laidhe 'n clachan;
'S na shluigeadh le craos na mara
Triallaidh thun na cùrt' air chabhaig.

4. Bithidh ar smaointean air an rùsgadh
'S a h-uile rùn a bha 'am falach,
Na facail a thuit gun sùim bhuainn
Cluinnidh na bha air an talamh.

5. Ge lionor àireamh nan gniomh
A choisinn do Dhia bàs fala
Ainmichear air streath a chéil' iad
Is éisdidh sinn binn na Cathrach.

6. Cothromaichear am math 's an eucoir
Is sùil Mhic Dé 's na meidhibh.
'S mar do mhathadh 'n a thràth ar n-olcas
Tha sloc na péine 'g ar feitheamh.

7. "A mhuinntir bheannaichte m' Athar
Gabhaibh sealbh anns an rioghachd
A dh' uidheamaicheadh romh 'n t-saoghal dhuibh:"
'Bhinn ghaolach 'gheibh na dìlsean.

8. Is sluigear sios luchd nam mollachd
'S an loch theine nach diocail,
A dh' fhadadh le anail do chorruich
Gus an donus 's a threud a phianadh.

COMHARRADH NA CROISE.

1. Chi mi gu h-àrd air a chnoc
'Chraobh air na chrochadh am Mac,—
Bratach mo ghaoil 's mo thlachd,
Bratach na buaidhe 'n àm gleac.

2. Ge colgarra 'n nàmhaid 'n a dhreach,
Ge cosgarra 'n t-arm fo 'smachd,
Nochdadh a Chrois 'n a bheachd,
Is tillear a ruaig 's a chreach.

3. Ma shnàgas e h-ugad gun fhios
Cha-n fheairrde 'sheòltachd an cleas;
Cuimhnich comharradh do leas—
'N claidheamh 'tha 'nad làimh dheis.

4. Buail an cealgair clis,
Na dian conaltradh ris;
Choisneadh mollachd is sgrios
Le fadal Eubha an lios.

5. Caillidh 'fhiaclan an neimh,
Caillidh 'innleachdan an goimh,
Teichidh a cheathairne air chrith
Ma dhealbhar iomhaigh na croich'.

6. Coisrig 'an aghaidh 'n uilc
'N àm dùsgadh 's a mhaduinn mhoich.
Paisg do dha làimh thar d' uchd
'N uair a shireas tu tàmh an nochd.

7. Is uasal urram na crois'—
Altair na h-ìobairt a 's mua meas,
Tha Uan Dé air do shlios
A thiarnadh a shluaigh bho sgrios.

8. 'S tusa mo dhion 's mo thaic,
Mo ghiar-chlaidheamh 's a ghleac,
Mo sgiath a thilleas an gath
A dh-iadhas mu 'm cheann 's a chath.

9. A Chrois nan gràsan 's nam feart
'Fhuair an urram bho 'n Mhac,
Comharradh a chreidimh cheart
De 'n gabh an Trianaid tlachd.

DHEALBH DIA MI AS AN UIR.

1. Dhealbh Dia mi as an ùir,
'S chuir e anam anns a chré
Dha 'n robh meomhair is toil is tùr
'Reir a choltais àluinn fhéin.

2. Mar tha Dia 'n a Spiorad buan
Air nach tig am bàs a chaoidh,
An t-anam-sa a fhuair mi bhuaith'
Bidh e beò fad shaogh'l nan saogh'l.

3. 'S ann gum faighinns' eòlas air,
'S gum faigheadh esa bhuamsa gràdh,
'S gum bithinn fritheilteach dha thoil,
'Chuir e thun an t-saogh'l mi 'thàmh.

4. Gheall e sonas dhomh 'bhiodh maireann
Maille ris na naoimh gu h-àrd
Nan dianainn a thoil-se 'leantuinn,
'S m' anam 'chumail ann an gràs.

5. Ged bu leam na tha 's a chruinne
'Dh-òr, a dh-airgiod, 's a thalamh,
'S mòr gu'm b' fhearr 'bhith falamh buileach
Na gu'n leiginn smal air m' anam.

6. Riaraichidh mi Dia le creideamh
Mar tha 'Chreud a' cur an céill domh;
Riaraichidh 's le dòchas daingeann
Is ionnsuichidh a Phaidir fhéin mi.

7. Bheir mi gaol dha 'réir nam fàintean,—
'S iad a sheòlas air a cheum mi;
'S bheir na Sàcramaidean gràs domh
Anns a h-uile càs 's an téid mi.

DIA.

1. Is tusa, 'Dhia a chruthaich nèamh,
A chruthaich a mhuir 's an talamh,
'Chruthaich an iarmailt le reultabh,
An ianlaith is iasg na mara,
Gach lus, gach ainmhidh mar an ceudna,
'S an duine le 'choluinn 's le 'anam,
'S na h-Ainglean ann an cruth 'bu cheutaich',
'S thug thu dhuinn' iad mar luchd-faire.

2. Tha thu gun tùs—'s bhuat fhéin do Thì ;
Cha tig caochladh air do neart ;
Teirigidh muir is speur is tìr,
'An tùs òige 'bhios Dia nam feart
Aois' no laig' cha tig 'ad chòmh'r
'S tu gun mhùth'dh, gun tùs, gun chrìch,
Gur siorruith d' aois' is do ghlòir,
'S ni cha 'n fhairtlich air do chlì.

3. Tha thu 'd Thighearna thar gach ni
A' riaghladh air muir 's air tìr,
'Gluasad nan reulta le d' mhiar
Is ag òrduch' cuairt nan sian ;
A' cur fàs dhuinn anns an t-siol
A' togail mheasan dhuinn 'o n fhriamh,
'Còmhdach 'an dìthein ghil le sgiamh,
Nach fhacas air Solamh cho briagh.

4. Tha do chòmhnuidh anns gach àite,
'S léir dhut 'h-uile ni mar 'thàrlas.
Cluinnear leat fuaim nan smaointean
Nach do ghluais ach ann am inntinn.
Ni cha téid 'an dubhar ortsa,
Cha dioch'nuich thu gin de m' lochdan ;
'S cha tuit aon duilleag 'bharr nan craobh,
Mar togarrach do Fhreasdal naomh.

5. Tha mi 'creidsinn anns an Trianaid,
Anns na Pearsannaibh 'tha sònraicht'—
An t-Athair, is am Mac, 's an Spiorad,—
" An triùir a tha 's a chothrom chòmhnard,
" Ann an gniomh, an gràdh, 's an gilead,
" Gun a h-aon diubh 'sine no 's òige,"
'S ged tha 'n Triùir dhiubh uile diadhaidh
Cha-n 'eil ann ach aon Dia glòrmhor.

GUN SEINN MI LAOIDH DO MHOIRE.

(Bho 'n Bheurla).

1. Gun seinn mi laoidh do Mhoire,
Gur Moire màthair mo Dhé,
Gur Moire 'n òigh a 's dìsle,
'S tha fuil nan rìgh 'n a féith.
Dian cobhair orm, a Mhoire,
'S mi 'cur laoidh-mholaidh 'n céill,

Tràth ni na h-euc'raich tàir' ort,
Bheir mise, 'Mhàthair, dhut spéis.

2. A dhìthein ghil a ghlinne,
'Ròis dhiomhairich an àigh,
Cha-n 'eil an lus a 's bòidhche
Cho docha leam 'n a fhàs.
Thoir cead dhomh, ged nach fhiù mi,
Do chliù a chur 'an céill,
Tràth ni na h-euc'raich tàir ort,
Bheir mise, 'Mhàthair, dhut spéis.

3. 'N àm 'mhulad 'bhith 'g am leònadh
Is m' inntinn trom le bròn,
Bi'dh d' shoillse 'chaoidh 'g am threòrach',
'Reul ghil na maduinn òig.
Bi'dh mise 'g iarraidh 'n còmhnuidh
Do chòmhnadhs' anns gach feum;
'S tràth ni na h-eucr'aich tàir ort,
Bheir mise, 'Mhàthair, dhut spéis.

4. Is àrd na naoimh 's na flathas
Le 'm fleasgan loinnearach òir,
Ach 's loinnearaich' 'n a maise
Tha is' air cathair a glòir.
'S am bi clann-daoin' gun diù dhiot
'Fhuair cliù bho Righ nan speur?
Tràth ni na h-euc'raich tàir ort,
Bheir mise, 'Mhàthair, dhut spéis.

5. Tha leug 's an fhleasg aig Moire,
Nach toireadh Dia do chàch,
Tha leug nan Aingeal fhéin aig
An té a 's Bànruinn dàibh.
Cha tàinig smal bho adhamh
'Chur sgàil' air Màthair mo Dhé ;
Tràth ni na h-euc'raich tàir ort,
Bheir mise, 'Mhàthair, dhut spéis.

6. Sheinn mi do chliù, Oigh Mhoire,
A bhànruinn loinneal, àigh :
Fàg leam a nis' do bheannachd,
'S gu 'm meal mi i gu bràch.
Tràth ni na h-euc'raich tàir ort
'S e so mo rùn 's gach càs,
Airson cliù Moire 's màthair domh
Gun reachainn thun a bhàis.

FAINTEAN NA H-EAGLAIS.

'S còir dhuinn éisdeachd ris an Eaglais
A fhuair mar chùram ar teagasg
'S gur e 'thubhairt Mac Dé :—
" An neach 'ni tàir air a buachaillean
" Tha e mar phàganach truagh
" A' dianamh tàir orm fhéin."

1. 'H-uile Dòmhnach an Aifrionn éisdeachd,
'S gun a call air latha féille.

2. Traisg air Am'nan, Carghus is Aidbhein,
Is lathaichean romh fhéilltean àraid,
'S air Di-haoine feòil a sheachnadh
'Chumail beachd air bàs mo Shlàn'ir.

3. Mo pheacannan 'thoirt suas gun fhiaradh
'N ceann gach bliadhn' aig Cathair na Faoisid.

4. 'Bhith 'teachd co-dhiubh gu bòrd mo Rìgh
A h-uile Càisg gu m' thì a naomhach'.

5. Dlighe 'Phears-Eaglais a thoirt bhuam :—
"'S airidh cosnaich' air a dhuais."

6. Bho thùs Aidbhein na biodh banais
Gu 'n tig dà-la-diag de 'n Nollaig,
No 's a Charghus gu Màrt Mionchaisg
Air son smachdachadh na coluinn'.
Is seachainn 'h-uile glùn fo 'n chòigeamh
'N àm dhut smaoineachadh air Pòsadh.

NA SACRAMAIDEAN.

Seachd comharran soilleir
A dh' òrduich Dia
Air gràsan doilleir nach léir dhuinn,
A fhuair am brìgh
Bho thoillteanas Chriost',
Bho 'Fhuil is bho phian a cheusaidh.

1. *Am Baisteadh.*

Saoraidh 'm Baisteadh sinn 'o n pheacadh
'Leagadh oirnn le Eubh is Adhamh ;
Saoraidh, 's ma tha lochd a bharrachd,
Glanaidh dhinn e uisg' nan gràsan ;
Fàgaidh i 'n ar cloinn do Dhia sinn,
Sìnidh 'n Eaglais dhuinn a càirdeas :
Gheibh sinn còir nan oighre dligheach
Air an rioghachd bhuan 'am Pàras.

2. *Dol-fo-làimh Easbuig.*

'Neach 'tha 'dol fo làimh an Easbuig
Glacar leis an Spiorad Naomh,
Gheibh e 'dhaingneachadh 's a chreideamh
'Cheannaich Criost' dha air a chraoibh,
Gus 'aideachadh gun nàir' gun eismeal
'S gu bhith deas gu 'chur an gniomh,
'S gach uair an iarr ar Tighearn' ar dleasnas
Sinn 'bhith seasrach dhàsa 'chaoidh.

3. *Corp-Chriosta.*

An t-Sàcramaid a 's uailse urram—
Criosta fhéin mar Dhia 's mar dhuine
Eadar 'Fhuil is 'Fheoil is 'Anam
Air a chleith fo riochd an arain.
'Bhriathran fhéin gur iad mo chòmhdach
Air na rùintean diomhair glòrmhor,—
" So mo Chorp-sa 's Cailis m' Fhuil-se "—
Bial na fìrinn' fhein a thuirt e.

4. *Faoisid.*

An duine 'chailleas gràs a Bhaistidh
'S a dhealaicheas ri slighe na còrach,
Biodh a chiont cho dearg ri sgàrlaid
Gheibh e màthanas 'n a dhò-bheairt
Ma ni e 'chron gu soilleir aideach'
Le cridhe aithreach, brùite, brònach
Dhàsa dha 'n tug Criost 'na lamhan
Glas is iuchraichean na tròcair'.

5. *Ola-ro-'Bhàs.*

Fògraidh 'n Ola naomh eudòchas
'N àm 'bhith 'còmhrag ris a bhàs ;
Peacannan na h-aois 's na h-òige
Bheir i còmhla as an làth'r.
Bheir i misneach agus còmhnadh
Dhas' 'tha 'n ceò 's an cruas na spàirn',
Is ma 's àill le Dia na tròcair
Bheir i e bho bhròn gu slàint'.

6. *Ordugh Naomh.*

A chumhachd a 's uaisle 'air talamh—
Cumhachd Ordugh Naomh nan Sagart,
'Dh' òrduich Dia gu teagasg fhacal
Is gach Sàcramaid 'thoirt seachad;—
Cumhachd peacannan à mhathadh,
'S cumhachd 'tha na 's uaisle fhathasd—
'N àm 'bhi 'coisrigeadh an arain
Iosa 'thoirt a nuas a flathas.

7. *Pòsadh.*

Cha robh cor gu 'bhith gun bheannachd
Ge b' e 'n ceum 'bha daoine 'leanailt,
'S rinneadh Sàcramaid de 'n Phòsadh
A bheannachadh le gràs nam bòidean,
Los gun coimhlionadh a chàraid
'H-uile dleasnas mar a thàrladh.
Ann an gràdh 's an gaol dha chéile
Gus an dealaicheadh an t-eug iad.

SACRAMAID UILE-NAOMH NA H-ALTARACH.

1. Thall mu 'n altair latha 's oidhche
'Dianamh soillse chi mi lòchran,
Mar an reul 'o shean a' dearrsadh
Os cionn fàrdrach Rìgh na glòrach.

2. Comharradh e gu 'm beil na rùintean
'Cuairt gu dlùth do 'n phaillionn ìseal
Mar an oidhche dhaibhs' tha 's aonais
Solus caomh a chreidimh phrìseil.

3. 'Crochadh fuilteach ri crann-ceusaidh
S léir co-dhiu le sluagh do dhaondachd
Ceilte nis' tha 'n daondachd fhéin oirnn
Innleachd do spéis is do ghaol dhuinn.

4. Làmh na sùil na blas cha seol sinn
'H-uile ceud-fath 'n ceo ach claisneachd.
De cho fior ri briathar mo Thighearna?
Is neo-fhiarach, cinnteach, ceart e.

5. 'S iad na briathran 'sthruth bho 'bhilean
Blasd' seach mil bho chuach na céire
"'S so mo Chorp-s' is cailis m' Fhùilse"—
Briathar do ghuth-sa, Co nach géill dha?

6. Cha lèir dhomhs' na creuchdan domhain
'Tholladh romhad leis na tàirnean:
Ach cha bhi mi mar bha Tomas
Foghnaidh dhomhsa briathar mo Shlan'ir.

7. Neartaich thusa mo lag-chreideamh,
Cum an lasair beò 'tha 'm lòchran
Los nach séid an t-àrdan as e
'S nach teid mis' air chall 's an dorcha.

8. Ach, mo Dhia, carson tha d' mhòrachd
Is do ghlòir gun 'bhith 'g ad' chuairteach ?
De 'n aon sgàile 'tha mu d' chumhachd
'S nach fhaicear iomall leinn dhe d' uaisle ?

9. Cheil thu bhuainn iad los gu 'm faodadh
Daoine 'bhith na 's dàin 'g ad ruighinn ;
Nan robh thus 'n ad ghlòir 'g ad chòmhdach
Cha bhiodh beò an neach a chitheadh.

10. " Ionnsuich bhuams' 'bhith ciùin is iseal "
'S e 'n guth binn ri chluinntinn daonnan
Bho Mhac Dé 'tha sin 's a phriosan ;
Dìrimid gun dàil g'a thaghal.

11. Tha ar cuideachd ged is peacach
'Cosnadh tlachd dha 's e 'n a onrachd ;
'S e tha 'bhilean gaolach fhéin 'g ràdh :—
" 'S aobhar éibhneis dhomh 'bhith comh' ribh.'"

12. S fhad' bho thuirt mi :—" Siribh 's gheibh sibh,
Iarraibh agus bheirear dhuibh e,
Buailibh agus bithidh e fosgailt';"
Iarraibh neo cosnaibh mo dhiumb-sa.

13. Oidhch 'is latha, fàir' is feasgar
Tha mi 'freasdal air mo mhuinntir ;
'S e 'bhith 'g ar beannachadh a 's miann leam
Leis na gibhtean 'tha 'n am ionntas.

14. Thigeadh sibhse 'tha ri saothair,
Sibhs' 'tha eallach nach 'eil aotrom
'Cromadh sios do 'n aibhneis ghruamaich,
Gheibh sibh suain is tàmh 'n am ghaolsa.

15. C' àit' am beil an cridhe 'dhiùltadh
'N cuireadh gaolach sin a fhreagairt?
Théid sinn uile thun na cuilme
Dh' ullaich thusa, Ios', gu leas duinn.

16. Lòn cho diadhaidh air a bhangaid
Cha-n 'eil cainnt a dh-innseas ceart e,
Iosa fhéin mar Dhia 's mar dhuine—
'N lòn a dh' ullaich Rìgh nam feart duinn.

17. Chualas sgial air ian 'an céin-thir
Dh' fhosgladh creuchd 'n a bhroilleach fhéin
'S a bheathaicheadh le 'fhuil 'chuid eunabh—
Sàmhladh so air gaol mo Dhé-sa.

18. Beathaich m' anam is dian ionnlad
Bho gach lochd is olc gu h-iomlan;
Dh' fhoghnadh aona bhoinn' bho 'n tuil so
'N saoghal gu gile 'n t-sneachd a thionndadh.

19. Tha thu Iosa ceilte 'n dràsd oirnn
Ach éiridh fhathast an ceò 'g ad fhalach,
Deònaich dhuinn do mhaise 'léirsinn
'N uair a thréigeas sinn an talamh.

URNAIGHEAN AITHGHEARR.

1. Riaghail mi le d' ghliocas,
Rian mi le d' cheartas,
Miadaich mo mhisneach,
Tiaruinn le d' neart mi.

2. Measam na mheasas tu,
Dìteam na 's gràineach leat,
Seachnam na bhacas tu,
Cleachdam na dh-àithnear leat.

OIDHCHE NOLLAIG.

1. Oidhche bhuachaillean nan treud
'Bhith ri faire air na sléibh
Shoillsich solus anns an speur
Bu cheutaich' na na rionnagan.

2. B' ait an sealladh 'bha 'n am beachd
'N uair chruinnich na h-Ainglean 'n am feachd
'Dearrsadh na 's gile na 'n sneachd,
'S iad 'teachd bho Righ nan cumhachdan.

3. Tharruinn iad ann an cuairt streath
'B 'àille na arm a' dol gu cath ;
Ghlac gach aon diubh 'chruit air leth—
Cha lann na sleagh a b' inneal daibh.

4. Bu mhòr an call do 'n t-sùil nach fhac'
An armailt gheal a b' àille dreach ;
Ach b' e m' aon mhiann agus m' aon thlachd
'Bhith 'n clàisne 'sgeoil a dh' innis iad.

5. B' e sin am feachd 'bu ghile cruth,
'Bu ghrinne dreach, 'bu bhinne guth—
'Bu bhinne na torghan an t-struth
A' ruith air morghan miona-bhreac.

6. Bu ghil' iad na drìlse reul,
Bu loinnearaich' na gathan gréin',
Ar leam gu 'm b' éibhne leam an ceum
Na clis-fhir speur ri mireagaich.

7. 'S meirg duine 'theireadh ceòl
Ri coireal an coille 'm bi eòin
'S a chòisridh loinneil anns na neòil
'Toirt sgeòil mu bhreith an Aona-Mhic.

8. 'S meirg a mholadh guth nan òigh,
Na binneas na cruit' a b' fhearr dòigh
'S an t-aon fhilidh 'bu ghrinne meòir
'Co-ruith le 'cheòl ri 'luinneagaibh.

9. B' e sin an ceòl 'bha milis, binn,
Is còisridh 'n Dia ghil a' seinn
'S an iarmailt dhealraich os an cionn
'Toirt cliù do 'n Uile-chumhachdach.

10. Ghuidh iad sìth do 'n chinne-daond'
A dh' éisdeadh an sgeul le rùn,
Le cridh' aon-fhillte, cridhe saor
Bho chlaonadh saogh'lta, curaideach.

11. " Chrom Messia sios bho nèamh,
" Chomhdaich e 'Dhiadhachd le 'r cré,
" Tha 'n ar còmhail Emmanuèl,
" 'Am baile Bhèthlem rugadh E.

12. " Gheibh sibh pàisdean geal nan gràs
" A chòmhnuidh ann an stàbull fàs,
" Damh is asail 'bhith 'n a dhàil
" 'S a mhàthair 'g a shuain 'an luideagaibh."

13. Dh' fhalbh na buachaillean bochd',
Dh' fhàg iad na caoraich air a chnoc,—
Dh' earbadh iad ris fhéin an nochd
A dh' fhògair sprochd bho 'n cridheachan.

14. Dh' amais iad an fhàrdach lom,
'S dhrùigh e air an inntinn trom
'Bhith 'faicinn Cruthadair nam fonn,
Is chrom gu làr 'thoirt urram da.

15. An Dia 'chuir 'n an àit' na réil,
A chuir an saogh'l-s' 'an tàthadh 'chéil',
'Chothromaich a chruthachd le 'mheur,—
'S e fhéin 'an cor cho muladach.

16. Blàthaichidh a ghrian an saogh'l,
Gabhaidh na Cherubim le 'ghaol,—
Gniomh a làimh-se 's a shaothair
Tha latht' le gaoth na brughainn ud.

17. Gun lùth 'n a làimh na cainnt 'n a bheul
An Dia a thog an cruinne-cé
A dh' ionnsuich cainnt is ceòl do 'n treud
A sheinn duinn air na munaidhean.

18. Lion an cridhe le ioma smaoint',
Cha-n innis teanga mar a dhrùigh
An sealladh diadhaidh 'bha mu 'n sùil
'S na dhùisg e 'ghaol 'n an cridheachan.

19. Cha d' iarr iad seanchas gu inns'
Na bh' aca 'ghaol air Righ nan Righ,
Leag iad air an ùir an cinn
Is dhiol iad cìs na h-umhlachd dha.

LAOIDH MU 'N NOLLAIG.

(Bho 'n Laidinn).

1. Bho 'n ionad 'am bi 'ghrian a' tilleadh
Gu iomall cian nan tìrean uile
Cliù do Chriosta ar ceann-cinnidh
'Rugadh dhuinn bho 'n Oigh a 's gile.

2. Cruthadair sòlasach a chruinne
Ghabh e h-uige coluinn duine ;
Shaor e 'n fheòil le 'fhuil 'o mhilleadh
'Tiarnadh a shaothair bho dhiombuil.

3. Innibh màthar 'am beus 'bu ghlaine
Lion thu, 'Dhia, le gràs gun ghainne ;
Ghiùlaineadh 'an com na h-ainnir
Rùintean air nach d' fhuair i aithne.

4. Thogadh teampull Dé gu h-ealamh
Anns an uchd a bha gun smal air :
An òigh a bha gun aithn' air duine
Ghineadh Mac do Dhia 'n a h-innibh.

5. Rug i 'n diugh am Macan rùnach
'Gheall an t-Aingeal dhi le ùmhlachd,—
Am Macan gaolach 'bh' air a giùlan
'Dh' fhàiltich am Baisteach gu mùirneach.

6. Air bad d' an channlaich rinn thu cadal,
An fhrasach bhochd do rogha leaba :
Sheachnadh tu air ianan gainne
'S bheathaicheadh air dileag bhainn' thu.

7. Tha còisir fhlathanais làn aiteas
'Togail laoidh 'tha binn ri 'claisteachd :
Lionadh na buachaillean le tlachd
Is am Buachaille diadhaidh 'n an glacaibh.

8. Moladh 's urram dhutsa, 'Chriosta,
'Rugadh dhuinn le òigh gun ghiomh innt',
'S cliù do 'n Athair 's do 'n Spiorad Dhiadhaidh
Fad tràth bith-bhuanta na sìorrachd.

AMEN.

LAOIDH NA H-OIDHCHE.

(BHO 'N LAIDINN).

1. A Dhia, a chruthaich nèamh is talamh,
Guidheamaid romh chrioch an latha
Gun nochdadh tu dhuinne do mhathas
Le sgiath do ghaoil a chur farainn.

2. Aisling mi-ghnàthaicht' cum bhuainn i
Is breislich na h-oidhch' le 'm bruaillean;
Cum fo smachd an nàmhaid uaibhreach
Mu 'm fuilig a choluinn truailleadh.

3. Eisd ruinn, O Athair ! a 's gaolaich',
Maille ri d' choimeas an t-Aon Mhac,
Maille ri Spiorad na naomhachd,
A tha 'n ar Triùir a rian an t-saoghail.

AMEN.

SMALADH AN TEINE.

Smàlaidh mise 'nochd an aingeal
Mar a smàlas Mac Moire.
Gum bu slàn an tigh 's an teine!
Gum bu slàn a chuideachd uile!
Co bhios air a làthair? Peadar agus Pàl.
Co bhios air an fhaire 'nochd? Moire geal 's a Mac.
Bial Dé a dh-innseas,
'S 'Aingeal a labhras;—
Aingeal 'an dorus mo thaighe
Gu 'n tig an latha geal am màireach.

AMEN.

LAOIDH DO MHOIRE,—AN OIGH GUN CHOIMEAS.

1. 'S lionor gath a' tighinn bho 'n ghréin
A' leum 'n an struth air fiamh an òir;
Ach 's lionoire leamsa na dhùisg
De rùintean an Dé ghil bho 'n Oigh.

2 'S àluinn gealach air an speur
Gun neul 'cur sgàile air a gnùis;
'S àille leamsa Oigh nan seud
Nach d' fhuilig beud anma bho thùs.

3. Am facas solus riamh le sùil
'Reachadh dlùth air soillse reul?
Gur caoine 'lainnir 'tha mu 'n chrùn
'Dheilbh Dia nan dùl do 'n darna h-Eubh.

4. Dìridh 'chamhanach barr bheann
'Dh-innse gur teann oirnn a ghrian:
Moire camhanach mo ghràidh-s',
'Thàinig romh là 'cheusadh Dia.

5. 'S aighearach 'tha tuar an là
'S grian an t-sàmhraidh 'n àird' a cuairt:
"Sgàthan a cheartais" fo fhaileas Dé
Chuir i gnùis na gréin' 'an gruaim.

6. Crom mu 'n t-saogh'l gur sèimh an oidhch'
Mar mhàthair ri faire chloinn fo shuain;
Sèimhe d' uchdsa, 'Mhoire mhìn,
'Tàladh Chriost' 's do chridh' ri 'ghruaidh.

7. Triallaidh 'n dealanach an domh'n
Mu 'n mothaich sùil e 'ghluasad ceum:
Bu mhall le m' bhaintighearna a luas
'S i 'tearnadh gu fuasgladh air feum.

8. An cualas fuaim leinn 'chaidh 'an àird'
Air tàirneanach 'crathadh bheann gu 'm bonn?
Faoin a ghuth seach cliù na h-Oigh'
A chluinnear còmhla anns gach fonn.

9. Ar leam gur drochaid am bogha grinn—
Sin 'tha m' inntinn 'cur 'nam smaoin,
'S gur Moire bogha-frois' mo Righ-s'—
Sligh' na sìth' 's na slàinte dhuinn.

10. Air doimhnead do ghrunnd', a chuain,
Le d' stuaidh 'n a geala-chrios mu 'n t-saogh'l,
Gur doimhne, 'Mhoire, cuan do bhròin,
'S fairsne do thròcaireachd 'chlann-daoin'.

11. 'S ait, a thalmhuinn, do sgèimh,
'S aite 'n lios, 'robh Eubh a' tàmh ;
An t-aon "lios dùinte," 'dh' àitich Dia,
Cha do thruailleadh riamh a bhlàth.

12. Thu 'bhith làn de na h-uile gràs
'S gur màthair thu do Righ an t-sluaigh,
'S faoin an t-saothair 'bhith 'deilbh an dàin
A dh-àireamh meud no liad do luach.

12. Cha-n ioghnadh thu 'bhith mar a tha
'S gur aona-ghràdh thu 'n Triuir-'n an-aon ;
Nighean an Athar, 's tu 'rug am Mac,
'S tu 'chéil' 'thug tlachd do 'n Spiorad Naomh.

LAOIDH CRIDHE NAOMH IOSA.

1. Di-do-bheatha 'fhuarain àghoir
'Bhrùchd a nuas a Cridhe mo Shlàn'ir!
'Fhuarain bho 'n tig bùrn do 'n phàiteach
'S milse na tharmuich 's an fhàsach!

2. 'S milse leinn na struthan meala
An struthan braonach faoin fala
'Lean am faobhar a rinn do sgaradh
'G innse gun robh d' chridhe falamh.

3. Dearbhadh e air meud do ghaol-sa
Aona bhoinne cha do chaomhain thu;
Dh' inns' an t-uisge gun do thraoghadh e:—
'S daor a cheannaich thu clann-daoine.

4. Di-do-bheatha 'Chridhe mo Shlàn'ir!
Fhuarain fhialaidh nan gràsan!
'Choisridh fhlathanais cuir fàilt' air,
Mol a ghràdh dhuinn anns na h-àrdaibh.

5. Cha-n ioghnadh leam do chridhe 'bhith fialaidh,
'S gur e 'n teampull aig an Trianaid;
Ionmhas làn de ghibhtean fiachor
Cridhe mo Thighearna is mo Dhia thu!

6. Dh' fhosgail dhomhsa 'nad chreuchd
Aon tearmuun far am bithinn gleidhte
Fardrach far nach ruigeadh beud mi
Dh' aindeoin innleachd 's neimh na bèisde.

7. Tha do làmhan sgaoilt' 's a cheusadh
'Thaisbeanadh do chridhe 'bhith réidh dhomh,
Ma thig orm gum bi mi 'm éiginn
Gum beil fasgadh ann dha 'n téid mi.

8. 'S tusa 'n caraid nach cuir cùl rium,
Cha 'n fhaicear doicheall air do ghnùis-sa ;
Dh'-aindeoin gòraich is mi-dhùrachd
Tha còmhladh na tròcair' gun dùnadh.

9. 'S minig a bha mi gun aire
Gun robh thus' mo Thighearna marrium,
Ach diridh mi 'n tràths' dha d' phaillionn
'Shireadh fallaineachd dha m' anam.

10. Chi mi 'chreuchd a tha 'n ad chridhe,
Chi mi dreighinn air am fighe,
Lasair dhe 'n aon tein' a' s gile,
Chi 's a chrois a rinn do mhilleadh.

11. Nach foghnadh leat na fhuair thu 'chràdh
An uair a dh' fhuilig thu 's a ghàradh—
An cridhe caomh sin 'bhith 'g a fhàsgadh
'S guin a bhàis a' bhith 'g a shàth 'dh ann ?

12. C' arson tha 'n lasair sin 'g ad fhiachuinns'?
'S mise 'thoill a' bhith 'g am phianadh;
Thoill mi 'n teine dorcha cianail—
An teine nach téid ás gu siorruith.

13. Ciod is fàth do 'n chrois a 's léir dhomh?
Am feum thu fhathast a' bhith 'g ad léireadh?
Nach bu leòir leat pian a cheusaidh
'Dhia ghaolaich nach d' rinn eucoir?

14. "Aom do chluais is dian rium éisdeachd,
"Cuiridh mis', a mhic, an céill dhut
"Fàth nan nithean 'tha thu 'léirsinn:
"Cha mhisde d' anamsa mo sgeulsa.

15. "Bior an dreighinn ge bu nimheil,
"Gabhail theine ged is goimheil,
""'S m' inneal-bhàis a bhith 'g a h-iomairt—
"Cha-n 'eil suim dhiom feadh do chinneadh.

16. "Faic thu Sàcramaid mo ghaoil
"'Am beil mi eadar m' Fhuil is m' Fheòil
"Oidhch 'is latha aig clann-daoin',
"Nach fuar do chinneadh dha m' thaobh?

17. "Measg nan aineolach cha b' ioghnadh,
"Ach measg nam mac a rinn mi ionnlad
"Anns na tonnan fala 'thaom mi
"'S olc a choisinn mi 'mhi-shuim-sa.

18. "Cha chaomh le caraid an diochuimhn',
"Ach 's e 's truime tha 'g am fhiachuinn
"Clann le m' Fheòil a rinn mi 'riarach'
"Le 'n aithne is le 'n deòin 'g am phianadh.

19. "'S lionor iobairt air bheagan cràbhaidh,
"'S lionor Comuinn 'ghabh daoine dàna
"'Thàinig thun na cuilm' gun ghràsan,
"'S géire n' an teine tha an cràdh dhomh.

20. "Sin na dreighinn 'tha mu 'n cuairt domh,
"Sin an teine 'tha 'g am ghualadh,
"Sin a chrois a tha 'g am chuaradh;
"Mhic mo ghaoil nach gabh thu truas dhiom?"

CRIOSTA 'G A THAIRNEADH RIS A CHROIS.

1. Bu chruaidh an leabaidh 'fhuair e
'N uair 'rugadh e 's an stàbull;
Gur 'cruaidhe leam an leabaidh 'th' aig'
Ri uair a spàirnean bàsmhor:
Tràth 'chuireadh e 's an fhrasaich bhochd
Bu umhail e do 'n Mhaighdinn,
'S tràth 's 'g a ruighe air a Chrois
'S co-umhail e dha naimhdean.

2. 'S ann 'thug' e fhéin dha 'n lamhan-sa
Le coltas mhòr-thoil-inntinn,
Mar gum biodh an leanabh ann
'S a làmhan beag' 'g an sìneadh
Gu màthair a ghaoil a thogail
'S a chur far 'fàg a sgìos e ;
Bu thruagh nach d' fhuair a mhàthair-se
A leabaidh 'dhian' a dh-Iosa !

3. Bu fhurusda e ri 'fhaicinn
Gum b' e d' thoil-s' 'bhith 'fulang :
Bu dheònaich' thus' na iadsan
An iobairt mhòr 'bhith ullamh ;
N' an cuid-se 'shaothair 's a dh-innleachdan
Thug d' chuideach's' bàrr orr' uile :
Ged 's mòr 'rinn mise 'd leònadh-sa,
Do ghaol-sa fhéin rinn tuilleadh.

4. An Dia 'bh' ann bho shìorrachd,
'Am flathanas 'tha 'àros,
Thug nèamh is cè a neoni dhuinn
An dràsd' 'n a chulaidh nàire !
Ach 's maiseach anns an dreach sin e,
Is urramach 's an àm e,
'S a shùilean 'coimhead suas
Is iad fliuch le gràdh dha naimhdean.

5. Cha-n fhacas riamh le Moire e
Cho toillteanach air aoradh ;
Cha d' fhoillsicheadh a Dhiadhachd

Cha soilleir bho na dh' aom e
'Ghabhail tàmh air talamh leinn
Fo sgàile 'nàdair dhaonda
'S bha 'cridhe-sa 's i 'g amharc air
A' dòrtadh mach a gaoil da.

6. B' e Uan na h-Iobairt' ùir' e,
'Chaidh 'ghealltuinn duinn 'o linntean.
Cha b' ann a mhàin.a dh-Iudhaich
A b' àill leis 'bhith air Iobradh.
Ge b' ainmeil an teampull ac'
'S an altair 'thog na righrean,
B' e cnoc is crann na tàire
An roghainn a rinn Iosa.

7. Tha ghàirdeannan 'g an gramachadh
'S 'g am fàsgadh ris a chrann,
Is tha bàrr nan tàirnean garbh ac'
'G an toradh tromh na dearnan,
Bho 'n d' thàinig 'h-uile beannachd
A chaidh 'dhiol 'o iùntas ghràsan.
Nach aobhar nàir mo pheacannan
'Thug tàir cho mòr dha m' Shlan'ear?

8. Chaidh crith de 'n chràdh bu ghéire
Air feadh a choluinn chreuchdaich,
Ach anns an t-sùil 'bha gaolach riamh
Chìthear gràdh 'am measg nan deuran.
Ge fuilteach, brònach, cràiteach thu
Air sgàth na rinn mi dh' eucoir

Tha thu bàigheil, truasail, tròcaireach
Dha 'n daol a tha 'g ad cheusadh.

9. A Mhoire Mhàthair, an innis thu
An t-ainm a th' air do bhròn-sa
Tràth 'chualas 'h-uile buille leat
Bha 's 'bualadh leis an òrd ud.
'S e 'mhiad 's a bha do ghaol air
An tomhas air do dhòruinn
'S cha-n 'eil gaol nan Aingeal còmhla
Cho mòr ri d' ghaol-s' 'n a ònrachd.

10. Bha d' shùilean air do luaidh
Ach bha guth do bheòil air d' fhàgail ;
Am facal cha robh cruthaichte
A fhreagradh dhut 'n ad spàirnibh,
Ach thuig an t-Athair Siorruith
'N ùrnaigh 'rinn thu dhàsan,
'S do chridhe anns an uair
Fo bhuill' an ùird 'g a sgàineadh.

11. Tha Magdalen is Eoin, is iad
A' druideadh suas an cluas.
Tha 'n cridheachan 'g am fàsgadh unnt'
Le mulad agus truas.
'S e a b' fhearr leo 'n cridhe fhéin
'Bhith pronn fo 'n iarna fhuar,
Is Ios' a bhith air 'fhuasgladh
Bho na spàirnean 'tha m' a chuairt.

12. Nach seall sibh air ur Tighearna
'S gun taisich sibh le bàigh dha?
Tha 'lamhan air an sgaoileadh leis
Gu 'r faoilteachadh dha ghràdh-sa.
"Nach tig sibh thun mo glacaibh-se
Is gheibhear fois an àigh leibh,
Mar fhearr leibh slabhruidh 'pheacaidh
Na 'bhith 'n gàirdeanaibh ar Slàn'ir?"

13. Tha fuaim an ùird a' tòiseachadh
Ri éirigh suas as ùr,
Is, ged 's ioghnadh leam a smaoineachadh,
Ar leam gur inneal ciùil e,
'S a theudan 'bhith 'g am bualadh
Is a h-uile buille 'dùsgadh
A phongan geur na ìseal
Mar 'tha alt no cnàimh 'g a chiùrradh.

14. Do chasan naomh 'bha 'g imeachduinn
Thar mhonadh, bhlàr, is fhàsach,
A 'leantuinn do chuid chaorach
'Bha 'n an gòraiche 'g ad fhàgail,
Is ioma astar 'shiùbhail iad
Fo bhròn, is sgìos, is ànradh:
O Ios', nach caomhainn thu dhuinn iad
'Bhith leòinte leis na tàirnean?

15. Am fuilig sinn, a bhràithrean,
An sgial m' ar Slàn'ear éisdeachd?

Mar 'bha 'chasan aig a mhuinntir ud
'G an tarsnadh air a chéile,
Is tàirnean garg 'g an iomairt unnt,
Ar leam gun cluinn mi m' beum ac',
'S gach feith is alt a' crupadh
Is an t-iarunn fuar 'g an reubadh.

16. 'S e 'mhiaduich dhut do dhòruinn
E 'bhith 'fairtleachd' air na h-euc'raich
Do chasan naomh a chumail leo
Gu teann air muin a chéile.
'S bu lionor buille 'bhualadh leo
Gu d' fhuaigheal ri d' chrann-cheusaidh
Nach robh gu feum mar 'b' ann gu bhith
Ag ùrachadh do chreuchdan.

17. A Mhoire, nach bu chianail
An sealladh 'bha mu d' shùilean!
Bu mhua 'n dòruinn 'dh' fhuilig thu
'S tu 'seasamh 'sin cho dlùth dha
Na dh-fhòghnadh 'naoimh uil' eatorra
A ghiùlan gu bhith crùinte.
'S tu "Banruinn fhior nam Mairtirean,"
Mar theirear riut 's an ùrnaigh.

18. Nach tusa 'th' air do chuaradh
Le mulad nach gabh innse,
Do Mhacan fhéin cho truagh dheth,
'S nach urrainn duts' 'n ad dhìsle

A chobhair 's lugha 'dhianamh air
Is cruaidh-chàs an 'n am mìltean
'G a riasladh is 'g a phianadh-sa,
Do Dhia, do Leanabh prìseil!

19. Tha 'n iobairt air an Altair
Ach cha chuimhne leo 'bhith 'lùbadh
'Thoirt aoraidh 'n Uile-chumhachdach
Le smaoint no cainnt na h-ùrnaigh'.
'S e blaisbheum agus mollachdan
A chluinnear 'measg nan Iùdhach
Air Uan na h-Iobairt uasail
'Tha 'sgriobhadh chumhnaint ùir dhuinn.

20. B' e Moire fhéin 's a cuideachda
Na bh' ann de 'n chinne-daonda
'Chaidh suas thun a mhonaidh ud
Le smaoint' air bàigh na aoradh ;
Ach b' fhearr le Ios' 's e tàirnichte
A gaol-sa fhéin 'n a donar
Na 'h-uile gaol dha còmhla
'Bha ri dìreadh 'feasd' 'o 'n t-saogh'l-sa.

21. Tha 'n ìobairt 'nis' a' feitheamh
A' bhith togte suas gu Dia ;
Tionndamaid ar sùilean rith'
'S gum mathar dhuinn ar gniomh.
Is iarramaid air Moire mhìn
I 'dh-inns' dha 'n t-Sagart Ios'

Ar cuimhneachadh 's an Aifrinn aig'
A ni e air an t-sliabh.

LAOIDH AN IASGAIR.

1. Dia 'bhith timchioll air an sgothaidh
Mu'n imich i gu doimhneachd mara :
Slig' air linne dhuinn a treuntachd
Mar 'eil freasdal Dé 'g a faire.

2. Faiceamaid do shoillse, 'Mhoire,
'N uair 'tha stoirm is oidhche 'gleac ruinn ;
Gur a tusa " Reul na mara,"
'S e fair' an éiginnich do chleachdadh.

3. 'Aingil ghil, dian thusa iùl duinn
'Threòraicheas ar siùbh'l feadh gharbh-thonn :
Sgiath do chùram sgaoil mu 'n cuairt duinn
'N uair 'chinneas gruaim air gnùis na fairge.

4. Guidheamaid do thaic-sa, 'Pheadair,
Gun thu 'leigeil beud 'n ar caramh :
Chuireadh muinntir cuain 'nad fhreasdal,
Teasruig sinn bho as-call mara.

5. Gur a buidhe dhuinn an cosnadh
'Bha na h-Ostail fhéin a' cleachdadh :
'S minig 'bha Mac Dé 'n an cuideachd
'Cur an tuigse dhuinn a thlachd deth.

6, 'Dhia, beannaich dhuinn ar driamlach,
'N lion, 's gach inneal-glacaidh 'th 'againn ;
Iomain h-uca mar is iomchuidh
'Spréidh 'tha 'g ionaltradh 's an aigeann.

7. Beannaich thusa dhuinn ar curachd,
Cha-n urrainn nach tig cuibheas oirre :
Gu'm mealamaid a bheannachd Bharrach—
Toradh mar' a cuile-Mhoire.

8. 'N uair a 's fheudar dhuinn 'bhith 'tilleadh
Stiùir thu cinnteach sinn gu cala.
Ma chuir thu oirnne seach ar feuma
Cha-n fhaicear leinn an déirceach falamh.

9. Na leig h-ugainn bàs le graide,
Orduich sagart 'bhith m' ar timchioll ;
Naomhaich le d' Ola 's le d' Chorp sinn
Mu'n téid anam bochd air iomrall.

THA MOIRE FO BHRON.

1. Tha Moire fo bhròn,
Gur a frasach a deòir,
'S i 'g amharc a h-òg-Mhac ceusta.

2. Tha 'h-anam 'g a chlaoidh
Le mulad, le caoidh ;
Tha claidheamh 's geur fhaobh'r 'g a reubadh.

3. Tha Baintighearn' nan gràs
Fo thùrsa, fo chràdh ;
'S beag ioghnadh do Mhàth'r Mhic Dé sin.

4. Co e 'chuireas suas
Meud do mhulaid 's do thruaigh'
'S Mac àluinn do luaidh ga léireadh ?

5. 'Beil duine cho cruaidh
Nach fliuchte a ghruaidh
'S Màth'r Slàn 'ear an t-sluaigh n a h-éiginn ?

6. Co e nach bi 'caoidh
'S Màth'r Iosa 'n a chuimhn'
Fo dhòruinn 'g a claoidh le 'Ceud-ghin ?

7. Tha Criost ann an guais
Air son eucoir an t-sluaigh
'S na sgiùrsan gun truas 'g a reubadh.

8. Tha 'h-aona Mhac caomh—
Toradh gaolach a cuim
A' fàgail an t-saogh'l 'n a léirsinn.

9. O fhuarain nan gràs
Roinn leamsa do chràdh
Gun sil mi 'n ad phàirt na deuran.

10. M' fhuar-chridhe fàg blàth
Gu gaol 'thoirt dha d' ghràdh
Gun taisbean mi, 'Mhàth'r, mo spéis dhut.

11. 'Naomh Bhaintighearna mhìn
Air clàrabh mo chrìdh'
Sgriobh Iotan an Tì a cheusadh.

12. Roinn leamsa an tàir'
'Fhuair Ios' air mo sgàth
'G am cheannach le cràdh 's le creuchdan.

13. O nach ruitheadh mo dheòir
'G a chaoidh-sa 'chaidh 'leòn'
Aon ùin 'bhithinn beò 's a chéin-thir !

14. B' e mo roghainn is m' àill
A, bhith, 'Mhoire, 'n ad dhàil
Ri cumha fo sgàil' a cheusaidh.

15. Oigh chliùiteach 'measg chàich,
Ge bu pheacach mo ghnàth
Bidh mi 'caoineadh leat gràdh do chéille.

16. Bidh mo chuimhn' air a bhàs,
Faigheam cuibhrionn de 'phàis
Cha dioch'nuich mi 'bhràth mar dh' eug e.

17. Biodh m' anam a chaoidh
Fo phianadh a chruinn
Air mhisg leis na thaom bho 'fhéithean.

18. 'S tusa, 'Mhoire, mo dhion,
Saor thu m' anam bho phian
'N uair a thaisbeanar Criost 's na speuran.

19. 'N uair a 's fheudar 'bhi 'triall
Thoirt cunntais 'n ar gniomh
Gun robh Moire a' rian mo cheuman.

20. Na leig m' anam gu bròn
Is am bàs air mo thòir,
Ach suidhich 'n ad chòmh'l e 'n éibhneas.
AMEN.

URNAIGHEAN AITHGHEARR.

1. Aoram thu, 'Aobhar mo bhith;
Siream thu, 'Chuspair mo bheath';
Molam do dhianadas math;
Guidheam do dhion 's a chath.

2. Mo smaointean a bhith unnad!
Mo bhriathran a bhith umad!
Mo ghniomhran a bhith h-ugad!
'S mi dh-fhulang mar a dh' fhuilig!

NAOMH MICHEAL.

1. Thog Naomh Mìcheal a bhratach
Anns na Flathas a 's àirde,
'N aghaidh Aingeal an uabhair,
A ghluais leis an àrdan.

'G a chur fhéin ann an inbhe,
Cho àrd ri Riaghlair nan gràsan,
A choisinn da 'bhi 'g a phianadh
Fad na sìorrachd gun fhathamas.

2. 'S e Naomh Mìcheal 'bha dìleas
Nach do dhìbir an t-ard Rìgh,
Shéid e 'n trompaid 's gu 'n ghluais i
Mu 'n cuairt da feachd làidir
Le 'chlaidheamh 's le 'sgéith air
Gu 'n dh-éibh e ri 'chàirdean
"Co tha coltach ri 'r Dia-ne?"
'S e 'n t-Athair siorruidh a 's àirde.

3. B' aobhar uamhais ri chlaistinn
Ann am Flathas na sìthe,
Airm chòmhraig 'g an glacadh
Gus a Chathair a thiarnadh
Air nàmhaid a cheartais
Leis am b' aindeoineach strìochdadh,
Gu 's na chuireadh 'n ruaig air
Gu aibheis dhuaichnidh dhu-shìorruidh.

4. Thug an t-Aingeal Naomh Mìcheal
Loma sgrìob air an nàmhaid
A mach bho àros na sìthe,
'S chaill na mìlltean diubh 'n àitean;
Chaidh an iomain gu prìosan
As nach till iad gu bràch a
Lasair theine gun dìocladh
Fad na sìorrachd 'g an cnàmh ann.

5. Gu 'n deach trian de na h-Ainglean
A bh' ann an aoibhneas 's an sòlas,
A' ruaigeadh mar nàimhdean
Gu aibheis na dòruinn
Bho 'n bheil iad le 'n cuid shaighdean
'G an cuimseachadh oirnne.
Ach tha sgiathan Naoimh Mìcheal
'G ar dion bho 'n guin leònaidh.

6. Bu mhor eud a chinnfheadhna
Mu 'n fhior-Shaighdear neo-sgàthach
A' cur 'fheachd 'n deagh riaghailt
'S iad cho dian gu buaidh làrach
Le 'n cuid shleaghan is sgiathan
Gus an dion air an nàmhaid,
'S iad nach tilleadh 's nach strìochdadh
'S an àrd Dhia 'faotainn tàire.

7. Bu gharg a chonnspaid 's bu dìleas
A bh' aig na mìlltean gun taise,
'Dh-éirich suas le Naomh Mìcheal
Is iad cho cinnteach le 'fhacal.
Le buille lotach, throm, bhàsmhor
Thilg e 'n dràgon fo 'chasan,
'S le neart a ghàirdein thréin làidir
A shleagh gu 'n shàth e 'n a leasraidh.

8. Bu mhì-thaitneach 'n sealladh
Le Righ na cathrach 's bu ghràineil
Na bha 'dh-àiteachan falamh

A bh' aig na ceannaircich dhàna ;
Ach 'n a thròcair neo-chriochnach
Ghin e riamhag bho Adhamh
A ni le còmhnadh Naomh Mìcheal
Gach àite 'lìonadh mar bha iad.

9. 'N sin dh' oilltich 's gu n' chreathnaich
An cealgair carach le farmad
'S dheilbh e innleachdan peacaidh
Gu mealladh sliochd Adhamh,
Le droch naimhdeas do 'n Trianaid
Is do 'n triath 'chuir as àit' ;
Mheall e Eubh leis an abhull
'S ar priomh Athair Adhamh.

10. Bho 'n is ceannard feachd Rioghail
Naomh Mìcheal, àrd-aingeal,
Guidheamaid' air le 'r dìchioll,
Sinn fhéin 'thoirt fo bhrataich,
Gu bhi 'n ar saighdeirean dìleas
Gu ruith ar tìm a tha aithghearr,
'S aig àm ar crìch 'bhi 'g ar dion
Air nàmhaid ciocrach Dhia 'cheartais.

AN BEANNACHADH MOIRE.

1. Fàilte dhut, a Bhaintighearna !
A Mhàthair ghlòrmhor Dhé !

Bho tha thu làn de ghràsan
Dian ar sàbhaladh bho bheud.
Beannaichte 'measg mhnàth' thu,
'S tu saor bho pheacadh Adhamh,
A nis' 's aig uair ar bàis
Dian ar tearmunn fo d' sgéith.

2. 'S mòr an t-aobhar nàire
Do shluagh a tha gun chéill,
'N uair a tha iad le 'n dànachd
'Toirt tàir' do Mhàthair Dhé,
'S gun chuir e 'n t-Aingeal Gàbriel
A nuas bho làthair fhéin
Gu h-ùmhlaidh a chur fàilt oirr'
Ge b' àrd a ghlòir air nèamh.

3. Fàilt ort, Oigh nan òighean !
A lòchrain laiste Dhé,
'Bheir soilleireachd is eòlas
Le d' thròcair dhuinn bho nèamh,
Faigh dhuinn bho d' Mhac glòrmhor
As leth na Fala 'dhòirt e
Gum bi sinn ann an sòlas
'N còmhail Abrahaim.

4. Fhuair sinn anns a ghàradh
Gealladh làidir bho bhial Dé
Gum pronnte fo do shàil
Ceann an t-Sàtain, 'rinn a bhreug,

'N uair 'thug e air ar Pàrantan
'Bha neochiontach 'am Pàras,
Gun 'bhrist iad air an fhàinte,
A' toilltinn bàs 'n a dhéigh.

5. Fàilte dhut, a Theampuill
'Tha coisrigte le Dia !
'S tusa Reul ùr Iàcob,
'Tha 'deàrrsadh mar a ghrian
Ged tha sinn ann an ànradh,
Le sùil 'thoirt air ar Màthair,
Gum fuasgail i 's gach càs oirnn
Tre 'h-iochd 's a bàigh ri cloinn.

6. Eiribh suas, a bhràithrean,
Anns gach àite a tà fo 'n ghréin,
'S cuiribh 'n géill gu 'n àicheadh
Cliù do Mhàthair Dhé
A dh 'fhuilig pian is cràdh
Agus dòruinn nach gabh àireamh
'S i 'faicinn a' bhi tàirneadh
A Mic ghràdhaich ri crann-ceusd'.

LAOIDH AN TUATHANAICH.

1. Bho nach diamhanas 'ni cùis duinn
Feumaidh sinn tionndadh ri àiteach,
Bho 's ann le fallus ar gnùis'
A ghealladh dhuinn ar n-aran làitheil.

2. Anns a mhaduinn 'an àm dùsgaidh
Thugamaid cliù le dian chrabhadh
Do 'n Ard-Dhia a ghabh ar cùram
'S an dùiseal 'an robh sinn sàmhach.

3. Cuireamaid a chrois le ùmhlachd
Oirnn fo iùl na Trianaid àghor,
'S tairgeamaid do Dhia na naomhachd
Ar gniomhan le aoradh làidir.

4. Beannachd iarramaid d' ar saothair
Los gun cinn i mar a 's àill leinn,
Torrach tarbhach, chum 's gum faod sinn
Pàirteachadh ri daoin' 'tha 'n àmhghar.

5. Beannaich thusa, 'Dhia, ar n-acfhuinn,
Croinn, is cairtean, 's an luchd-tàirne;
'S deònaich dhuinn le cumhachd d' fheartan
Ciall is neart air son an àitich.

6. Bitheamaid air ar stiùradh leatsa,
'S ionnsaich fhéin a bheairt a's fhearr duinn,
'Chionn as d' aonais bi'dh sinn lapach,
Mo Dhia, na dealaich gu bràch ruinn.

7. Stiùir sinn air rathad a cheartais,
'S biodh do reachdan duinn mar sgàthan :
'N siol a chuireas sinn 's an talamh
Braon do dhealta 's do mhaoth bhlàs air,

8. Chum 's nach meataich fuachd na tais e
Gus am faigh e neart is càileachd
Is gu'n toir gach neach a chi e
Aoradh buan do 'n Ti 'chuir fàs air.

9. 'N uair a théid sinn air ar glùinean
Le ùmhlachd agus le cràbhadh,
Iarramaid beannachd le 'r dùrachd
Do 'r dùthaich agus do 'r càirdean.

10. Tha na mairbh againn ri 'chunntais
Aig 'bheil dùil gum faigh sinn fàbhar
Dhaibh 's a phriosan 'bheil iad dùinte
'S gum fosgail ar n-ùrnaigh dhaibh Pàras.

11. Gum beannaich thu, 'Dhia, dhuinn ar maoin
Ar crodh, ar caoraich, 's an cuid àlach ;
Bhiomaid buileach as an aonais
Mar a b' e do chaoimhneas gràidh-se.

12. Deònaich dhuinn nach dian sinn diochuimhn'
Orts', 'tha 'riaghladh anns gach àite;
'S as leth d' iochd mu 'n tig a chrìoch oirnn
Na biodh d' fhiachan oirnn gun phàidheadh.

13. 'N uair 'chì sinn le d' òrdugh naomh-sa
Toradh ar saothrach gu 'r n-àilleas,
'S aobhar taingealachd is gaoil e,—
'S ioghnadh ma chuireas sinn dàil ann.

14. 'S tu 'tha 'buileachadh oirnn daonnan
Biadh, is aodach, agus slàinte,
Tairgeamaid taing agus gaol dhut
Maille ris na naoimh 'tha 'm Pàras.

15. Tairgeamaid ar gniomh' air thùs
Gu moladh agus cliù do 'r Slàn'ear,
'S thugamaid taing le deagh-rùn da
Air son a chùram a ghnàth dhuinn.

16. Fuadaicheamaid bhuainn le ùmhlachd
Gach uamhar, drùis, agus àrdan,
Los 'n uair thillear sios do 'n ùir sin
Nach aobhar cùram am bàs duinn.

17. Leis a ghaol a thug ar Dia dhuinn
Chuir e siol air son ar tearnadh,
Ged chaidh pàirt a dhìth le ianlainn,
'S cuid le cion friamh nach d' rinn fàs deth.

18. Biomaid faic'leach air ar giùlan
Mu 'n tig 'o r cùl oirnn ar nàmhaid
'Chuireas cogull le droch rùn ann
'Choisneas ùrnais nach gabh cnàmh duinn.

AN AIFRIONN.

1. *Romh 'n Aifrinn.*

A Dhia, thoir dhuinn na gràsan
'Bhith cuimhneach co tha 'làthair;
'Bhith cuimhneach air an Iobairt
A thairg Thu uair do Bhàis.
'S ionann là a' cheusaidh
Is Aifrionn naomh an àigh,
'S ionann Uan nan Iobairt,—
Mac Mhoire mhìn nan gràs.
Tha sinne 'so gu d' aoradh
'S gu d' mholadh mar is còir,
Gu taing thoirt dhut, 's gur lionor
Na gibhtean 'chuir thu oirnn.
Tha sinne 'g iarraidh trocaire
Mu 'n ditear sinn 's a' mhòd;
Gabh truas ri peacaich bhochda,
'S an anmannan fo bhròn.
'Si 'n Aifrionn Iobairt Iarrtais

A dh' orduich Dia dha fhéin,
Gu fuasgladh air gach Criostuidh
'Dh iarradh fuasgladh 'n a fheum :
Tha sinne, 'Dhia, ag ùrnaigh
Thu 'dh-fhuasgladh oirnn gu léir
'N ar n-aineolas, 'n ar bochduinne,
'N ar n-euslaintean 's 'n ar creuchd.
'S na caoraich bhochd as aonais
A' chrò a' choisrig Dia,
Na creidich 'dol gu breitheanas,
'S am bàs 'toirt bhuap' an ciall,
'S na h-anmannan dìleas
Nach do dhiol tur am fiach,
Seall air fuil an Uain ghil
Is fuasgail orra 'Dhia.

2. *Aig "Confiteor" is "Kyrie."*

Tha mi 'g aideachadh mo lochdan,
'Choisinn corruich dhomh bho Dhia,
Is tha an t-aithreachas 'g am leònadh
Thaobh gach olc a rinn mi riamh.
Thug thu mathanas do 'n ostal,
Ceannard air an da-fhear-dhiag ;
Orms' dian tròcair 'thaobh na dhòirt Thu
Dh' fhuil gu m' dhòbheartean 'thoirt dhiom.

3. *Aig an t-Soisgeul 's a' Chreud.*

Tha sinn 'seasamh aig an t-soisgeul
Gu bhith deas gu 'chur 'an gniomh ;

Cha toir nàir' no eagal oirnne
Cùl a chur ri creideamh Chriosd'.
'S daor a cheannaich Mac na h-Oighe
An creideamh glórmhor 's ro-mhòr fiach ;
Cha choimeas idir luach an òir
Ris an fhuil a dhòirt 'o 'chliabh.

4. *Aig an Tairgse 's an "Lavabo."*

Chi mi aran air an Altair,
'S anns a' chailis chi mi fion ;
Bi'idh iad air an tionndadh fhathasd
Gu fior chorp is fior fhuil Chriosd.
Nigh mo chridhe, fàg gun smal e,—
'S lionor lochd 'bh' air m' anam riamh ;
Ach, ma 's àill leat, ni Thu m' ghlanadh,
Chionn tha 'n comas agads', Ios'.

5. *Aig an "Sanctus."*

Is naomh, naomh, naomh
Thu, 'Thighearna Dhia nan slògh ;
Tha neamh is talamh làn
De d' mhòrachd is de d' ghlòir.

6. *Aig "Memento,, nam beò."*

Beannaich an Eaglais is beannaich am Pàp,
Beannaich ar n-easbuig is beannaich a' chléir,
Beannaich ar pàrantan, beannaich ar braithrean,
Beannaich ar càirdean 's ar naimhdean gu léir.

7. *'N uair a bhuaileas an clag romh àm a' Choisrigidh.*

Smaointean fuadain cuir air chùl,
Crom do cheann is lùb do ghlùn ;
Oir tha an Ti a' tighinn dlùth,
An Ti a's mac do Righ nan dùl.

8. *Aig a' Choisrigeadh.*

Fàilte dhut, Annlainn uasail !
Fàilte dhut a Chuirp a cheusadh !
A dh' fhuilig geur dhòruinn gu 'r saoradh.
'Chuirp Mhic Dhe, di-do-bheatha !
Bhona 's Tu Righ gach rath,
'S Tu an neart nach crion
Fad thràth bi-bhuan,
Fuasgail oirnn 'n ar n-airc a nis',
Agus dion sinn aig uair a' bhàis. Amen.
Fàilte dhut, fhior-Fhuil uasail !
'Dhòrtadh a nuas a creuchd an Tighearna !
A chaidh 's a' chroich airson an duine,
'S a dh' fhuilig a thaobh a tholladh,
'S a shil tonna fala !
A Mhic ionmhuinn, cuir h-ugainn do ghràsan,
Agus dion sinn aig uair a' bhàis. Amen.

9. *Eadar àm a' Choisrigidh 's a' Phaidir.*

Glac, a Thighearn', an Iobairt uasal,
'N Iobairt fhior-ghlan, 'n Iobairt luachor—

Uan do ghràidh-sa— an deagh bhuachaill';
'S beannaich a threud 'tha 'n so mu 'n cuairt da.
Na h-anmannan bochd 's an dòruinn,
Mùch an "teine 'tha 'g am fiachainn"
Anns na tonnan fala 'dhòirt thu,
"'S dearrsadh orra solus siorruith."

10. *Aig a' Phaidir.*

Ar n-Athair a tha air neamh, &c.

11. *Eadar a' Phaidir agus "Agnus Dei."*

Teasraig sinn bho 'n h-uile dò-bheairt
Bh' ann, a th' ann, no 'bhitheas;
Cuidich leinn le neart do thròcair,
Is fògair geilt ar cridhe.

12. *Eadar "Agnus Dei" agus "Domine, non sum dignus."*

Dh' fhàg thu sìth aig d' Ostail dhìleas,
'S faigheamsa mo chòir dhe 'n dìleab;
Riaghail le d' ghràsan 'n Eaglais dhìlinn,
'S thoir gach cinneadh 'stigh fo 'dìdeann.
Leasaich thu an cron 'rinn Adhamh,
Dh' fhosgail thu dhuinn dorus Phàrais;
Leanaidh mi gu dlùth na fàintean,
'S buanaichidh mi duais do chàirdean.
Biodh do chorp 'n a leigheas dhomhsa,
Dionadh e mi ri uchd-comhraig;
Deònaich a' bhith leam 'g am chomhnadh
'N àm do 'n bhàs 'bhith 'tighinn 'am chòmhail.

13. *Aig àm na Comainne.*

'Anam Chriosta, naomhaich mi,
A chuirp Chriosta, sàbhail mi.
'Fhuil Chriosta, sàthaich mi.
'Uisge thaoibh Chriosta, glan mi.
A Phàis Chriosta, neartaich mi.
'Iosa mhath, gu gràsor éisd rium.
Ann ad lotan falaich mi.
Na fuilig mo sgaradh bhuat.
Bho 'n nàmhaid aingidh teasraig mi.
Aig uair mo bhàis gairm mi.
Agus òrdaich mi 'thighinn gad ionnsuidh.
Gu 'bhith maille ri d' naoimh a' toirt cliù dhut
Fad shaoghal nan saoghal. Amen.

'Crochadh fuilteach ri crann-ceusaidh,
'S léir co-dhiu le sluagh do dhaondachd.
Ceilte nis' tha 'n daondachd cuideachd—
S' innleachd chumhachdach dhe 'd ghaol e.
Cha léir dhomhs' na creuchdan domhain
'Tholladh unnad leis na tàirnean,
Ach cha bhi mi mar bha Tòmas;
Foghnaidh dhomhsa briathar mo Shlànair.
'S iad na briathran 'shruth bho 'bhial-sa,
Blasd' mar mhil bho chuach an t-seillein:
'S so mo Chorp-s' is Cailis m' Fhuilse—
Briathar na Firinn' co nach geill dha!

14. *Aig a' Bheannachd.*

Tog an làmh a choisrig Dia,
An làmh a bhean do chorp an Tighearna.
Beannaich am pobull 'thug Dia dhut,
'S a bheannachd dhut fhein gu siorruith.

15. *Gniomh Buidheachais.*

Cliu do'n Athair, cliu do'n Mhac,
Cliu do'n Spiorad neartor naomh.
Trianaid chumhachdach nam feart
Molamaid mu seach 's mar aon. Amen.

LAOIDH AIRSON LA NOLLAIG.

(A Righ nan ainglean).

1. A Righ nan ainglean 's a Righ nan daoine!
'S a Righ mo ghaoil! tha d'fhardach fuar.
Cha-n àros rioghail a b'fhearr leat, Iosa,
Ach fuachd is isleachd 'am fasgadh uamh'.
FONN—A Righ nan ainglean, &c.

2. Gaol do mhathar cumaidh blàs riut,
Moire mhìn 'tha naomh thar chàich,
'S a cridhe gaolach a' sior-thoirt aoraidh
Do 'h-aon mhac àluinn nan uile ghràs.

3. Is ceòl binn-fhuaimneach 'tha 'n dràsda 'gluasad
'San iarmailt shuas 'tha laist' le glòir,
Gun d'aom Messia bha 'dhùil bho linntean
A' sgaoileadh sìth 's g'ar saor' 'o bhròn.

4. Biodh luach gun innse 'an ionntas Righrean,
Or is sìoda agus stòras leug ;
Tha gaol is dìlseachd 's an stàbull ìseal,
'S gach seud 'tha prìseil 'o ionntas Dhè.

FAILTE AIR REUL NA MARA.

(Ave Maris Stella).

1. Fàilt' air Reul na mara,
'Mhàthair chaomh mo Dhè ;
Fàilte, Oigh gun smal ort,
'Dh' fhàg dhuinn Pàras reidh.

2. Eisd, a mhàthair, an fhailt'
'Tha'n t-Aingeal Gabriel 'seinn ;
Steidhich sinn 'an sìth,
Atharraich ainm Eubh.

3. Fuasgail cuibhreach pheacach,
Soillsich dhaibhs' nach lèir,
Fuadaich bhuainn gach eucoir,
Stiùir gach math 'n ar ceum.

4. Dearbh thu fhéin 'n ad mhàthair ;
Eireadh bhuats' ar n-eigh
Dhasa' 'rugadh dhuinne,
'Bha 'n a mhac dhut fhèin.

5. 'Oigh nan gràsan sonraichte,
Ciùin os cionn gach té,
Fuasgail sinn bho'r lochdan,
Faigh dhuinn sìth is beus.

6. Faigh dhuinn geimneachd beatha,
Nochd an t-sligh' 'tha reidh,
Los gum faic sinn Iosa
Sona leats' air nèamh.

7. Moladh bhuainn do'n Athair,
Luaidh do Mhac ar Dé,
Cliù maraon do'n Spiorad
Do'n triùir mar ionann spéis. Amen.

REUL ALUINN A' CHUAIN.

1. A Mhaighdinn a's gile, a Mhoire mhìn-mhathair,
'Nad chomsa 'n a aonar bha 'n Slànair a' tàmh ;
Tha 'n oidhche, a Mhoire, air tuiteam mu'n cuairt,
Nach nochd thu do shoillse Reul àluinn a chuain ?

2. Tha'n oidhche le neulaibh a' comhdach' an
t-saoghail,
Tha bratach an dorchadais sgaoilt' anns a ghaoith,
Tha'n Eaglais 'g a buaireadh, 's tha 'sùil 'coimhead
suas,
Nach nochd thu do shoillse, Reul àluinn a' chuain?

3. Bu lèir do mhac Dé d'anam geal 's e gun bheud,
'S nach d' thàinig am peacadh 'n a chòir 'ghabhail
sèilbh;
Cha d'bhuin e bho thùs ach do'n Tighearna 's uails',
Is choisrig e d' shoillse, Reul àluinn a' chuain.

4. An talamh cha d'thug ach aon fhasgadh do Dhia,
Am fasgadh sin cridhe na h-Oigh' beannaichte, fial;
Bha fàrdach Mhic Dé agus fasgadh nan truagh
'An soillse do chridh'-sa, Reul àluinn a' chuain.

LAOIDH ROMH CHOMAINN.

1. Bha solus réil mu Bhethlehem
'Nuair rugadh Slànair dhuinn,
Tha solus caomh mu'n altair thall
'N t-aon Ios' 'tha maille ruinn.

2. 'S e Dia e, ged nach leir a ghlòir—
'S ann dh'fhàg e sin air néamh—
'S gun tigeamaid na 's luaithe na chòir,
A dh'iarraidh 'réir ar feum.

3. Tha 'anam, 'fheòil is 'fhuil 'san làthair,
Dh'ar sùilean ged nach léir;
Ach creididh sinn a bhriathran fhéin:
D' a fhacals' co nach géill?

4. "'S e so mo Chorp is cailis m' Fhuil;"
B' iad sin na briathran binn,
Air oidhche na suipreach deireannaich
A labhair Iosa ruinn.

5. "Is thigeadh sibhse, 'tha sgìth ri saothair,
Is gheibh sibh fois an aigh;
Is thigeadh sibhs', 'tha leoint' is tinn,
Is gheibh sibh neart is slàint.

6. "Se 'n t-aran a bheir mise dhuibh
M' fheoil phriseil fhein gu fior,
Is gheibh sibh uile bhuam mar dhibh
An fhuil a dhòirt 'o m' chliabh.

7. "A chlann, nach éisd sibh m' fhàinte-sa,"
Tha Criosta fhéin ag radh!
"Mur ith sibh m'fhéoil,'s mur òl sibh m' fhuil,
Cha tiarnar sibh bho'n bhàs."

8. Cha-n airidh mis' thu 'thighinn, Ios',
A stigh fo m' fhardaich thruaigh;
Ach abair thus 'am facal, is
Gheibh m'anam slàinte bhuat.

LAOIDH AN DEIGH DHOL-FO-LAIMH-EASBUIG.

1. 'Spioraid shòlasaich nan gràs,
'Thobhartais 'o 'n Ti a's àird',
Thuirling Thu 'n ar comhail le gràdh,
Bi'dh sinn taingeil dhut gu bràch.

FONN.—'Chreideamh! leug a's uaillse prìs,
Cha-n 'eil do luach an ionntas Righ.
Dia thug dhuinn thu bhàrr na craoibh,
'S gléidhidh dhuinn thu 'n Spiorad Naomh.

2. 'S ann le ola naomh na slàint',
'S balsam naomh an fhàilidh àigh,
Rinn ar Dia ar creideamh slàn,
'Fògradh bhuainn ar geillt 's ar nàir.

3. Sgriobhadh oirnn leat seul a cheusd',
Suaicheantas do 'laochraidh fhéin;
Ni sinn cogadh leat gu treun,
Mar is còir do dh-armachd Dhé.

4. Biodh an t-aibhistear 's a threud,
Biodh an saoghal 's ar coirbteachd fhéin
'Coimhstri geur le foill is feirg,
Cha tréig sinne 'n Ti 'bha ceusd'.

5. Cha-n fhaigh foill an namhaid buaidh;
Cha-n e 'n saoghal no 'n fheòil 'bheir bhuainn
Tobhartas na Trianaid àird;
Gléidhear leinn e gu 'n tig bàs.

6. Friamhaich domhain e 'n ar cridhe,
Fliuchadh dealt a nèamh a fhriamh,
Biodh e 'n a chinntinn dion
Los nach lùbar e ri sion.

7. Anail mharbhantach na h-uaill'
'Chaoidh na séideadh i mu 'n cuairt;
'S lionor craobh dh' am b' àluinn fàs,
Shearg an anail ud gu bàs.

8. Cuir mu'n cuairt dha ìsleachd cridhe,
Gaol air Ios' is Moire mhìn,
Gaol air ùrnaigh 'mhaireas buan,
'S 'chaoidh cha chrionaich craobh nam buadh.

9. Aoradh bhuainn do dh-Athair nan gràs,
Aoradh bhuainn do 'n Mhac 'fhuair bàs,
Aoradh 'Chomhfhurtair an àigh,
'Còmhnuidh maille ruinn an dràsd'.

LATHA NA FEIRGE.

1. Là na feirge, 's e là-bhràth e.
'N cruinn-cé gu 'n dianar smàl dheth,
Dh' innis Sibil, dh' innis Dài e.

2. 'S ann a bhios a' bhall-chrith thùrsach,
'N uair a chitear Criosta 'tùirling
'Rannsachadh gu mean gach cùise.

3. Séidear trombaid 's gàbhaidh toirm;
Cluinnear anns gach àite 'ghairm,
'Thionalas gu mòd na mairbh.

4. Clisgidh 'm bàs 's gu 'n clisg na dùilean,
'N uair a dh-eireas sinn bho 'n smùraich,
'Thoirt do 'n Bhritheamh chruaidh ar cùnntais.

5. Leabhar sgribhte thig 'am follais,
Anns am bi gach aon ni soilleir,
'S gheibh an saoghal ceart mar 'thoilleas.

6. Air do 'n Bhritheamh dol 's a chathair,
Aon ni diomhair cha ghabh falach,
'S air gach gniomh theid cìs a ghabhail.

7. De, mo thruaigh', 'their mis' an là sin?
Co 'm fear-comraig a ni bàigh rium?
'S gann air naomh e fhein 'bhi sàbhailt

8. Righ na mòrachd, Righ an uamhais,
'Bheir saor-mhathanas do d' shluagh,
A thobair-thròcair saor bho ghuais mi.

9. Cuimhnich, Iosa, dha 'm beil spéis dhiom,
Gur e mise fàth do cheum-sa,
'S na cuir cùl rium là na h-eiginn'.

10. 'Thi, 'rinn uiread air mo shon-sa,
A dhòirt d' fhuil air fiodh na croise,
Cuir dhomh 'n ìre brìgh do lotan.

11. 'Bhrithimh, 'bheir a bhinn le ceartas,
Thoir dhomh mathanas 'am pheacadh
Mu 'n tig ormsa latha 'n tagraidh.

12. 'M chiontach truagh gur goirt tha m' osnaich,
Nochdaidh m' ghruaidh dhut meud mo dhroch-
bheairt,
Eisd ri m' achanaich 's thoir fois domh.

13. 'Thi, 'thug mathanas do Mhàiri,
'Gheall do 'n mhèirleach seilbh 'am Pàras,—
Thug so dhomhsa dòchas làidir.

14. M' ùrnaigh lag 's mo chràbhadh fionnar
Neartaich fhein, 's ann duit a's urrainn,
'S teasraig mi bho lasair iutharn'.

15. Deònaich àit' dhomh 'measg nan caorach,
Bho na gobhair dian mo shaoradh,
Air do dheas-làimh cuir gu taobh mi.

16. Bho 'n mhuinntir mhollaichte 'g an claoidh
'An teine dian nach mùchar 'chaoidh
Gairm-sa mi 'am measg nan Naomh.

17. Le cridh' ùmhlaidh, briste, cràiteach
Mo dhian ùrnaigh riut, a Shlàn'ir,
Gabh fo d' dhion 'an uair a' bhàis mi.

18. Là nan diar e; fàth ar smuaint' e,
Air an eirich sinn bho 'n luaithre,
A dh-eisdear leinn a bhinn 'bhios buan duinn,

19. 'Thighearna 'Ios bho mheinn do mhathais
Nochd do thròcaire ri 'r n-anam,
Thoir fois shiorruith dhuinn 's na Flathas.

AMEN.

SALVE REGINA.

1. A Bhànrigh na glòrach,
A Mhàthair na tròcair,
Ar beatha, ar sòlas,
Ar dòchas, ciad fàilt ort!

2. Riut tha sinn ag eigheach
Sliochd seachranach Eubha,
'An Gleannan nan deur so,
Le geur-osnaich 's pràmh-ghal.

3. O, thoir sùil fhial oirnn,
A Thaice nan Criosdaidhean,
Is faiceamaid Ios', 'n uair
'Thig crioch air ar n-ànradh.

4. O, tha thu, 'Mhoir'-Oigh,
Làn iochd agus tròcair,
Ro-chaoin agus tèo-chridh'ch,
Fior-shòlasach, càirdeal.

AMEN.

430931

LCelt
C7328

Comh-chruinneachadh de laoidhean spioradail.

NAME OF BORROWER.

University of Toronto
Library

DO NOT
REMOVE
THE
CARD
FROM
THIS
POCKET

Acme Library Card Pocket
LOWE-MARTIN CO. LIMITED